



Teisteanais
Nàiseanta
SÀMPALL A-MHÀIN

SQ23/N5/01

Eachdraidh

Ceann-là – Neo-iomchaidh

Ùine – 1 uair agus 30 mionaid

Comharran iomlan – 60

EARRANN 1 – ALBA – 20 comharra

Feuch AON phàirt.

EARRANN 2 – BREATAINN – 20 comharra

Feuch AON phàirt.

EARRANN 3 – AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL – 20 comharra

Feuch AON phàirt.

Mus dèan thu oidhirp air na ceistean, feumaidh tu dèanamh cinnteach gu bheil leabhran nam freagairtean airson an aon chuspair agus na h-aon ìre ris a' phàipear-cheistean.

Feumaidh tu àireamh na ceist a tha thu a' freagairt a shealltainn gu soilleir air leabhran nam freagairtean. Cleachd peann **gorm** no **dubh**.

Mus fhàg thu seòmar na deuchainn, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don fhreiceadan. Mura dèan thu sin, 's dòcha gun caill thu a h-uile comharra airson a' phàipeir seo.



EARRANN 1 — ALBA

PÀIRTEAN

- | | |
|--|------------|
| A. Cogaidhean na Saorsa, 1286-1328 | Duilleag 3 |
| B. Màiri Banrigh na h-Alba, agus t-Ath-leasachadh an Alba, 1542-1587 | Duilleag 4 |
| C. Cùmhnant an Aonaidh, 1689-1715 | Duilleag 5 |
| D. Imrich agus Iompaireachd, 1830-1939 | Duilleag 6 |
| E. Linn a' Chiad Chogaidh Mhòir, 1910-1928 | Duilleag 7 |

EARRANN 2 — BREATAINN

PÀIRTEAN

- | | |
|--|-------------|
| A. Cruthachadh nan Rìoghachdan Meadhan-aoiseil, 1066 -1406 | Duilleag 8 |
| B. Cogadh nan Trì Rìoghachdan, 1603-1651 | Duilleag 9 |
| C. Malairt Atlantaigeach nan Tràillean, 1770 -1807 | Duilleag 10 |
| D. Breatainn ag atharrachadh , 1760 -1900 | Duilleag 11 |
| E. Breatainn Ùr a' nochdadh, 1880 -1951 | Duilleag 12 |

EARRANN 3 — AN ROINN-EÒRPA AGUS AN SAOGHAL

PÀIRTEAN

- | | |
|--|-------------|
| A. A' Chrois agus an Corran; Cogaidhean na Croise, 1071-1192 | Duilleag 13 |
| B. "Ti agus Saorsa,": Ar-a-mach Ameireaga, 1774-83 | Duilleag 14 |
| C. SA 1850-1880 | Duilleag 15 |
| D. Hitler agus a' Ghearmailt Nadsaidheach, 1919-1939 | Duilleag 16 |
| E. A' Bhratach Dhearg: Lenin agus Ar-a-mach na Ruis, 1894-1921 | Duilleag 17 |
| F. Mussolini agus Eadailt nam Faisisteach, 1919-1939 | Duilleag 18 |
| G. Saor mu dheireadh? Còraichean Catharra sna SA 1918-1968 | Duilleag 19 |
| H. Sìtheachadh agus an t-Slighe gu Cogadh, 1918-1939 | Duilleag 20 |
| I. An Dàrna Cogadh Mòr, 1939-1945 | Duilleag 21 |
| J. An Cogadh Fuar, 1945-1989 | Duilleag 22 |

Duilleag a dhà

EARRANN 1 — ALBA — 20
comharra

Feuch AON
phàirt.

COMHARRAN

Pàirt A — Cogaidhean na Saorsa, 1286 -1328

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Ann an Stòr A tha litir a sgrìobh an t-Easbaig Friseal à Cill Rìmhinn gu Rìgh Eideard san Dàmhair 1290.

Stòr A

Tha fathann air sgoileadh am measg an t-sluaigh gu bheil a' Mhaighdeann Lochlannach air bàsachadh. Chuala Easbaig Durham, Iarla Warenne, agus mi-fhin an uair sin gun robh i air faighinn seachad air an tinneas, ach gu bheil i gu math lag. Tha sinn air aontachadh fuireach ann am Peairt gus an cluinn sinn fiosrachadh nas cinntiche mu deidhinn. Chuir sinn dà ridire a dh'Arcaibh gus faighinn a-mach dè dha-riribh a thachair.

5

1. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha Stòr A mar fhianais air duilgheadas còir-sheilbh às dèidh bàs Alasdair III.

(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

5

2. Sgrìobh cunntas air an àite a bha aig Uilleam Ualas ann an Cogaidhean na Saorsa.
3. Minich na h-adhbharan airson gun robh e comasach do Raibeart Brus smachd a ghabhail air Alba eadar 1306 agus 1313.

5

Tha Stòr B mu Bhlàr Allt a' Bhonnaich.

Stòr B

Chaidh ullachaidhean faiceallach a' Bhruasaich mu choinneamh cogadh a mhilleadh nuair a ghluais Eideard II an t-arm aige gus ionnsaigh a thoirt bhon ear agus chan ann bhon deas. Ach, cha tug seo àite gu leòr dhan arm mhòr Shasannach gluasad, oir bha iad cuartaichte le boglaichean is sruthain. Cho-dhùin Brus brath a ghabhail air a' mhearachd seo agus thug e ionnsaigh orra. Bha na Sasannaich air an dinneadh cho dlùth ri chèile agus cho troimh-a-chèile 's gun robh e doirbh do na ceannardan aca dìon sam bith a chur air dòigh, agus chaill iad misneachd gu tur ann an Eideard II airson gun do leig e leotha a bhith air an glacadh mar seo.

5

4. Dè cho math 's a tha Stòr B a' mìneachadh carson a bha e comasach do na h-Albannaich Blàr Allt a' Bhonnaich a bhuannachadh? (Cleachd Stòr B agus d' fhiosrachadh fhèin

EARRANN 1 – ALBA

COMHARRAN

Pàirt B – Màiri Banrigh na h-Alba, agus an t-Ath-leasachadh, 1542-1587

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha Stòr A mun adhbhar a rinn na h-Albannaich ar-a-mach an aghaidh Màiri à Guise ann an 1559.

Stòr A

Às dèidh do Mhàiri Banrigh na h-Alba pòsadh ann an 1558, chùm a màthair, Màiri à Guise, oirre a' riaghladh Alba às leth na h-ighne aice a bha san Fhraing. Bha Guise gu math cruaidh air na Pròstanaich ann an Alba, gu sònraichte às dèidh do Ealasaid a dhol na Banrigh air Sasainn san t-Samhain air a' bhliadhna sin. Chleachd i barrachd oifigeach Frangach agus barrachd shaighdearan Frangach gus smachd a chumail air prìomh dhaingnichean ann an Alba. Dh'farr i cuideachd cis ùr, ach bha uaislean na h-Alba daingeann sa bheachd nach ceadaicheadh iad sin.

1. Dè cho slàn 's a tha Stòr A a' mineachadh carson a rinn na Morairean Pròstanaich ar-a-mach an aghaidh Màiri à Guise ann an 1559? (Cleachd Stòr A agus d' fhiosrachadh fhèin.)

5

Is e Stòr B òrdugh Màiri Banrigh na h-Alba gus ministearan Eaglais na h-Alba a phàigheadh, a chaidh a-mach ann an 1566.

Stòr B

Seach nach deach ministearan ann an Alba a phàigheadh sa bhliadhna a dh'fhalbh agus seach gun do rùnaich mi gum bu chòir dhaibh pàigheadh fhaighinn san àm ri teachd, tha mi, às dèidh comhairle fhaighinn bho oifigich an Riaghaltais agam, air co-dhùnadh sùim £10,000 a chur ma seach airson am pàigheadh. Tha mi cuideachd air òrdachadh gum feum an t-sùim seo a bhith air a pàigheadh gu h-iomlan.

5

2. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha Stòr B mar fhianais air taic Màiri Banrigh na h-Alba do dh'Eaglais na h-Alba ann an 1566.

(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

5

3. Minich a' bhuaidh a bha aig murt Riccio air an àm a bha Màiri Banrigh na h-Alba a' riaghladh.

5

4. Minich na h-adhbharan airson gun deach Màiri Banrigh na h-Alba a chur gu bàs ann an 1587.

EARRANN 1 – ALBA

COMHARRAN

Pàirt C – Cùmhnant an Aonaidh, 1689-1715

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

1. Minich na h-adhbharan airson gun deach an càirdeas eadar Alba agus Sasainn bhualithe eadar 1689 agus 1707.

5

'S e litir a chaidh a sgrìobhadh ann an 1707 le ball de Riaghaltas na h-Alba a th' ann an Stòr A.

Stòr A

Tha e eu-comasach innse dè chaidh a thoirt do Dhiùc Athaill, Marcas Srath Thuaidh agus Iarlan Rosbrog, Marchmont agus Chrombaidh gun a bhith ag innse dè dìreach a chaidh a thoirt do chàch. Gu ruige seo, chaidh seo a chumail dìomhair agus bhiodh e na adhbhar nàire nan deigheadh am fiosrachadh seo fhoillseachadh aig an àm seo.

2. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha Stòr A mar fhianais air carson a chaidh toirt air cuid de dh'Albannaich taic a thoirt do dh'Achd an Aonaidh.

5

(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

Tha Stòr B mu chuid de na h-argamaidean a chaidh a chleachdadh san deasbad mun Aonadh.

Stòr B

Bha dùbhlann follaiseach ga thoirt don Aonadh ann an Alba agus chuir cuid de bhailtean athchuingean na aghaidh gu Dùn Èideann. Bha eagal ann gun cailleadh Alba obair gnìomhachais a gheibheadh a nàbaidh a bha na bu chumhachdaiche. Chailleadh iad an comas na co-dhùnaidhean aca fhèin a dhèanamh agus bhiodh iad a' tilgeil air falbh na bha an sinnsirean air a dhìon gu cruaidh. Ach, cha robh an fheadhainn a bha a' cur an aghaidh an Aonaidh ann am Pàrlamaid na h-Alba air an ullachadh ceart gus brath a ghabhail air a' bheachd mhòr-thaitneach seo.

5

3. Dè cho math 's a tha Stòr B a' mineachadh nan argamaidean a chaidh a chleachdadh san deasbad mun Aonadh? (Cleachd Stòr B agus d' fhiosrachadh fhèin.)

5

4. Minich na prìomh atharraichean a tha ann do dh'Alba mar thoradh air Cùmhnant an Aonaidh.

EARRANN 1 – ALBA

COMHARRAN

Pàirt D – Imrich agus Iompaireachd, 1830-1939

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha Stòr A ag innse carson a rinn mòran Èireannach imrich a dh'Alba anns na 1840an.

Stòr A

Am measg an fheadhainn a ghluais a dh'Alba, thàinig a' bhuidheann as motha de dh'in-imrichean à Èirinn. Chùm in-imrich à Èirinn a' dol suas gu na 1840an. Ach mar thoradh air gort a' bhuntàta ann an Èirinn ann am meadhan nan 1840an thàinig àrdachadh luath anns an in-imrich seo. Dh'fhàg seo bochdainn mhòr agus dh'fhuadaich cuid de na h-uachdarain an fheadhainn nach b' urrainn am màl a phàigheadh. Bha cosgaisean còmhail saor, agus dh'fhuirich tuarastalan air taobh an iar na h-Alba aig ìre na b' àirde na bha iad ann an Èirinn. Ach, ro dheireadh an 19mh linn cha b' e dìreach na h-Èireannaich a bha air an tàladh a dh'Alba.

1. Dè cho slàn 's a tha Stòr A a' mìneachadh carson a ghluais daoine a dh'Alba eadar 1830 agus 1939? (Cleachd Stòr A agus d' fhiosrachadh fhèin.) 5
2. Mìnich a' bhuidheann a bh' aig an Iompaireachd air Alba eadar 1830 agus 1939. 5

Tha Stòr B bhon phàipear-naidheachd an *Inverness Courier*, 30 Cèitean 1838, a' mìneachadh carson a bha e comasach do dh'Albannaich bhochda eilthireachd a dhèanamh san 19mh linn.

Stòr B

Bha mòran de tuathanaich bhochda a' feitheamh ris an riochdaire airson eilthireachd le dealas. Nochd iad an Inbhir Nis 's iad a' gealltainn beairteas ann an Astràilia. Tràth madainn Diluain, chaidh na mìltean de Ghàidheil fhaicinn a' cruinneachadh timcheall Taigh-òsta a' Chaledonian, far an robh an riochdaire a' bruidhinn. Bha iad nan èiginn airson falbh agus seilbh fhaighinn air na bha de thalamh gun chrìoch ri fhaighinn ann an Astràilia. Cha b' urrainn dhaibh beò-shlaint a dhèanamh na b' fhaide bho obair tuathanais an seo ann an Alba. 'S e dìreach na tuathanasan as motha a b' urrainn teachd-a-steach a dhèanamh airson teaghlach a chumail.

3. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha Stòr B mar fhianais air an adhbhar a rinn Albannaich eilthireachd bhon Ghàidhealtachd eadar 1830 agus 1939. 5
(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)
4. Mìnich na h-adhbharan airson gun robh uimhir de dh'Albannaich cho soirbheachail anns na dùthchannan dhan deach iad. 5

EARRANN 1 – ALBA

COMHARRAN

Pàirt E – Linn a’ Chiad Chogaidh Mhòir, 1910-1928

Freagair na ceistean a leanas a’ cleachdadh d’ fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

1. Sgrìobh cunntas air mar a bha teicneòlas ùr air a chleachdadh anns a’ Chiad Chogaidh Mhòr.

5

Tha Stòr A bho chuimhneachain an Lieutenant Seòras Craik, a bha a’ sabaid còmhla ri 12^{ra} Buidheann Arm-coise na Gàidhealtachd ann an 1915.

Stòr A

Nuair a ràinig sinn Loos cha robh na trainnseachan ann an staid ro dhona. B’ e an duilgheadas do luchd-stiùiridh a bhith a’ cur air dòigh solar stuthan agus suidheachadh còmhnaidh iomchaidh. B’ e an duilgheadas eile a bhith a’ dèiligeadh ris na bha de chuirp mun cuairt. Cha b’ urrainn dhuinn sin a dhèanamh ach nuair a bha e dorcha. Nan deigheadh duine don raon eadar sinn fhìn ’s an nàmhaid ann an solas an latha, dheigheadh a mharbhadh sa bhad.

2. Dèan measadh air dè cho feumail ’s a tha Stòr A mar fhianais air staid nan trainnseachan do shaighdearan sa Chiad Chogaidh Mhòr.

5

(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

Tha Stòr B a’ toirt cunntas air na bha luchd-obrach ann an Glaschu a’ dèanamh aig àm a’ Chiad Chogaidh.

Stòr B

Dh’fheumadh smachd a bhith aig an Riaghaltas air na factaraidhean gus stuthan a chumail ris na saighdearan. Ach, chaidh Comataidh Luchd-obrach Chluaidh a stèidheachadh gus a bhith ag iomairt an aghaidh Achd nan Armachdan, a chuir casg air innleadairean bho bhith a’ fàgail na factaraidh far an robh iad ag obair. Air 25 Màrt 1916, chaidh Daibhidh Kirkwood agus buill eile de Chomataidh Luchd-obrach Chluaidh a chur an grèim fo Achd Dion na Dùthcha. Chaidh binn fògraidh a chur air na fir. Chaidh casaid a thogail an aghaidh iris na Comataidh, *The Worker*, airson artaigil a bha a’ càineadh a’ chogaidh. Chaidh Uilleam Gallacher agus Iain Muir, an luchd-deasachaidh, le chèile a chur don phrìosan.

5

3. Dè cho slàn ’s a tha Stòr B a’ toirt cunntas air buaidh a’ chogaidh air gnìomhachas na h-Alba? (Cleachd Stòr B agus d’ fhiosrachadh fhèin.)

5

4. Minich na h-adhbharan airson gun do choisinn boireannaich a’ bhòt ann an 1919.

EARRANN 2 – BREATAINN – 20 comharra

Feuch AON phàirt.

COMHARRAN

Pàirt A – Cruthachadh nan Rìoghachdan Meadhan-aoiseil, 1066 -1406

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Chaidh Stòr A a sgrìobhadh san 12^{ra} linn, le bàrd Frangach, mu ridireachd.

Stòr A

Tha mòran ridirean nach eil beò a rèir Còd na Ridireachd. Bidh iad a' goid airgead bho eaglaisean agus a' goid na tha aig taistealaich. Bidh iad a' toirt ionnsaigh mar a thogras iad agus a' nochdadh eas-urram do chlann agus do sheann daoine. Bidh iad a' bruidhinn air onair is gaisgeachd, ach chan eil iad a' nochdadh aon seach aon. Ged a tha ridirean air bliadhnaichean a cur seachad air trèanadh gus a bhith nan saighdearan coileanta agus nan eisimpleirean do chàch, gu math tric di-chuimhnichidh iad na bòidean aca.

1. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha Stòr A mar fhianais air giùlan ridirean anns an 12^{ra} linn. (Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)
2. Gu dè an ìre a b' e coirbteachd ann an siostam an lagh an duilgheadas bu mhotha a bha fa chomhair Eanraig II?
3. Minich na h-adhbharan airson gun tàinig abaidean is manachainnean gu bhith nas mòr-chòrdte anns na meadhan-aoisean.

6

8

6

EARRANN 2 – BREATAINN

COMHARRAN

Pàirt B – Cogadh nan Tri Rìoghachdan, 1603-1651

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòr A** na phàirt de Athchuinge Còraichean na Pàrlamaid a chaidh a thoirt don rìgh ann an 1628.

Stòr A

- (i) Cha bu chòir gun cuirear cuideam air neach sam bith gus tiodhlac, iasad, tabhartas, cìs no cosgais coltach ri sin a thoirt don Chrùn às aonais cead na Pàrlamaid.
- (ii) Cha bu chòir gun deigheadh duine saor a chumail sa phrìosan gun adhbhar math a bhith air a nochdadh.
- (iii) Cha bu chòir gun deigheadh saighdearan no seòladairean a chur ann an dachaighean shaoranach gun aonta fhaighinn bhuapa.
- (iv) Cha bu chòir gum biodh lagh armailteach ga chur an gnìomh aig àm sìthe.

6

1. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air an droch chàirdeas a bha eadar an Crùn agus a' Phàrlamaid ri linn Rìgh Teàrlach I.

(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

8

2. Dè an ìre gun robh na dùbhlain do dh'ùghdarras an rìgh anns na 1630an mar thoradh air diofar chreideamhan?

6

3. Minich na h-adhbharan airson gun robh e comasach do fheachdan na Pàrlamaid a' chùis a dhèanamh air na feachdan Rìoghail aig Monadh Mharston.

EARRANN 2 – BREATAINN

COMHARRAN

Pàirt C – Malairt Atlantai each nan Tràillean, 1770 -1807

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha Stòr A bho chuimhneachan siubhail le Mungo Park ann an 1799.

Stòr A

Tha factaraidhean thràillean faisg air iomall a' chladaich. Thathas mar as trice a' cumail grèim air prìosanaich Afraganach le bhith a' cur cas dheas aon neach agus cas chli neach eile don aon phaidhir gheimhlean. Le bhith a' cumail taic ris na geimhlean le sreang, tha e dìreach comasach dhaibh coiseachd, ach gu math slaodach. Air an aon dòigh, tha a h-uile ceathrar thràillean ceangailte ri chèile aig an amhaichean le ròpa làidir no le iallan toinnte agus, ron oidhche, thèid geimhlean a bharrachd air na làmhnan aca.

1. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha Stòr A mar fhianais air mar a bha Afraganaich gan làimhseachadh nuair a dheigheadh an glacadh an toiseach. 6
(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)
2. Minich na h-adhbharan airson gun robh e duilich dha na tràillean dùbhlán a thoirt air na planntachasan. 6
3. Dè an ìre gun robh soirbheachas nan iomairtean gus cur às do tràillealachd an urra ri obair Uilleim Wilberforce? 8

EARRANN 2 – BREATAINN

COMHARRAN

Pàirt D – Breatainn ag Atharrachadh, 1760 -1900

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

1. Dè an ìre gun deach leasachaidhean ann an slàinte a' phobaill suas gu 1900 a thoirt gu buil mar thoradh air adhartas ann an eòlas meadaigeach?

8

Tha Stòr A bho chuimhneachain innleadair rèile Albannach a bha ag obair tro na 1840an.

Stòr A

Thàinig oirnn an loidhne gu Peairt a thogail air fearann a' Mhorair Seafield. Thuirt a' Bhana-mhorair Seafield rinn le cinnt gun robh fuath aice dhan rèile. "Thug siubhal saor", arsa ise, "mòran dhaoine mì-chiatach còmhla." Thuirt am Morair Seafield gun cuireadh an rèile eagal air na cearcan-fraoich agus gum falbhadh iad bho na monaidhean aige. "Co-dhiù," chùm e air, "dè thachradh dha na fir a thathas air a bhith a' fastadh fad bhliadhnaichean airson fiodh a fhleòdradh sìos Abhainn Spè chun na mara? An deigheadh rèile nan àite?"

2. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha Stòr A mar fhianais air beachdan a thaobh togail an rèile ann an Alba san 19^m linn.

6

(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

3. Minich na h-adhbharan airson gun do choisinn barrachd dhaoine a' bhòt ro 1867.

6

EARRANN 2 – BREATAINN

COMHARRAN

Pàirt E – Breatainn ùr a’ nochdadh, 1880 -1951

Freagair na ceistean a leanas a’ cleachdadh d’ fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòr A** bho litir a tha a’ toirt cunntas air staid Lunnainn timcheall air 1890 le neach-iomairt airson atharrachadh.

Stòr A

Ann an aon chùil rinn fear-sgrùdaidh slàinte aithris mu bhith a’ lorg athair, màthair, triùir chloinne agus ceithir mucan! Ann an rùm eile lorg miseanaraidh duine tinn air an robh a’ bhreac, a bhean dìreach a’ faighinn seachad air breith an ochdamh leanabh aice, agus a’ chlann a’ ruith mun cuairt leth-rùisgte agus còmhdach le salchar. A dh’aindeoin oidhirpean charthannasan ionadail, ann an àite eile bha banntrach bhochd, an triùir chloinne aice, agus leanabh a bha air bàsachadh o chionn 13 latha.

1. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air a’ bhuidh a bha aig bochdainn ann am Breatainn timcheall air 1900. 6
(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)
2. Dè an ìre gun deach Ath-leasachaidhean Shochairan nan Libearalach eadar 1906-14 a thoirt a-steach mar thoradh air cho mòr-thaitneach 's a bha am Partaidh Làbarach a’ fàs? 8
4. Minich na h-adhbharan airson gun tug an Riaghaltas Làbarach an Stàit Shochairan a-steach ann an 1945. 6

EARRANN 3 — AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 20 comharra

Feuch AON phàirt.

COMHARRAN

Pàirt A — A' Chrois agus an Corran: Cogaidhean na Croise, 1071-1192

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha Stòran A agus B a' mìneachadh na thachair do choimhearsnachdan Iùdhach anns a' Chiad Chogadh-croise.

Stòr A

Às dèidh dìreach beagan sheachdainean de shiubhal, thachair Pàdraig an t-Aonaran agus a luchd-leantainn air coimhearsnachd Iùdhach anns a' Ghearmailt. Bha mòran de Shaighdearan na Croise bochd agus acrach agus mar sin thòisich iad a' goid biadh agus stuthan bho na h-Iùdhach. Leis gun robh Saighdearan na Croise den bheachd gur e nàimhdean Chrìosda a bha anns na h-Iùdhach, bha iad a' creidsinn gum faodadh iad an làimhseachadh mar a thogradh iad. Thug cuid air na h-Iùdhach an creideamh atharrachadh agus a bhith nan Crìosdaidhean. Mharbh cuid eile na h-Iùdhach, an aghaidh òrdughan Phàdraig an t-Aonaran.

Stòr B

Sgaoil fathann am measg Saighdearan na Croise gun deigheadh peacaidhean duine sam bith a mharbhadh Iùdhach a mhaitheadh gu lèir. Anns a' bhad, thòisich arm Phàdraig an t-Aonaran a' toirt ionnsaigh agus a' marbhadh fir, mnathan is clann Iùdhach. Ged a dh'fheuch cuid de na h-Iùdhach ri iad fhèin a dhìon, cha robh mòran de bhuill-airm aca agus rinneadh a' chùis orra gu furasta. Anns an aimhreit a lean, chaidh taighean a chreachadh agus stuthan luachmhor a ghoid. Thàinig air na h-Iùdhach sin a fhuair às lem beatha an creideamh aca a chur air an cùl agus a bhith nan Crìosdaidhean.

1. Dèan coimeas eadar na beachdan a th' ann an Stòran A agus B a thaobh na thachair dha na h-Iùdhach tron Chiad Chogadh-croise. (Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.) 4
2. Sgrìobh cunntas air mar a chaidh Nicaea a ghlacadh anns a' Chiad Chogadh-croise. 5
2. Mìnich na h-adhbharan airson gun robh e comasach do Shaighdearan na Croise Ierusalem ath-ghlacadh ann an 1099. 5

Tha Stòr C a' toirt cunntas air àite Shaladin tron Treas Chogadh-croise.

Stòr C

Bha Saladin iomraiteach airson nam feartan ridireachd aige a bha co-ionann ri cuid Riseard Lionheart. Nuair a bha Ridseard Lionheart tinn le fiabhras, chuir Saladin, agus fios aige nach robh aige ach glè bheag de stuthan, tiodhlac thuige de na measan a b' fheàrr san dùthaich. Uair eile, nuair a chaidh each Riseard a mharbhadh sa bhàr, chuir Saladin each math Arabach thuige mar thiodhlac. Fad dà bhliadhna bha Saladin a' sabaid ri Riseard cha mhòr gach latha gus feuchainn ri stad a chur air Saighdearan na Croise bho bhith a' glacadh Ierusalem.

4. Dè cho math 's a tha Stòr C a' mìneachadh caractar Shaladin tron Treas Chogadh-croise? (Cleachd Stòr C agus d' fhiosrachadh fhèin.) 6

EARRANN 3 – AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL

COMHARRAN

Pàirt B – “Tì agus Saorsa”: Ar-a-mach Ameireaga, 1774-83

Freagair na ceistean a leanas a’ cleachdadh d’ fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

1. Minich na h-adhbharan airson gun robh mòran de luchd nan coloinidhean mì-thoilichte le riaghladh Bhreatainn ann an 1774.

5

Tha Stòr A mu na feachdan Ameireaganach a bha a’ sabaid an aghaidh arm Bhreatainn.

Stòr A

Is e feachdan airm beaga a bha an sàs ann an Cogadh an Ar-a-mach. Gu math tric bha na feachdan Ameireaganach fo stiùir cheannardan a bha neo-èifeachdach, eadhon neo-chomasach, a rinn iomairtean cogaidh a bha troimh-a-chèile. Bha na fir a chruinnich ann am Boston èasgaidh, ach cha robh armachd mhath aca agus bha iad gann de stòrasan. Cha robh aig ceannard Ameireaga, Seòras Washington, ach 5,000 saighdear làn-thìde. Bha a’ mhòr-chuid de na fir dìreach pàirt-ùine agus cha bhiodh iad a’ toirt seirbheis ach airson beagan mhiosan. Bha arm proifeiseanta Bhreatainn na bu mhotha, ach cha robh e mòr gu leòr airson buaidh fhaighinn air na h-Ameireaganaich.

2. Dè cho slàn 's a tha Stòr A a’ toirt cunntas air suidheachadh arm Ameireaga ann an 1777? (Cleachd Stòr A agus d’ fhiosrachadh fhèin.)

6

Tha Stòran B agus C mu na tachartasan aig Blàr Yorktown, 1781.

Stòr B

Ann an 1781, ghluais Cornwallis a-steach do Bhirginia agus thòisich e ga stèidheachadh fhèin ann an Yorktown. Mus tàinig deireadh an t-samhraidh, bha suidheachadh Cornwallis ann an Yorktown a’ lagachadh. Cha leigeadh feachdan Ameireaga leis gluasad a-steach air an dùthaich, agus bha cabhlach mòr, Frangach le 3,000 saighdear air seòladh bho na h-Innseachan an Iar gus taic a thoirt don t-sèist. Cha robh dol-às aig Cornwallis nuair a thug na Frangaich buaidh air cabhlach Bhreatainn aig Bàgh Chesapeake. Air 19 Dàmhair, gheill Cornwallis leis an arm iomlan aige de 7,000 fear.

Stòr C

Gus an iomairt aige a chur air bhog ann am Bhirginia, rinn arm Chornwallis ruaigean, a’ sàrachadh nan Ameireaganach cho tric 's a b’ urrainn dhaibh. San Lùnastal 1781, stèidhich Cornwallis campa aig Yorktown ach, mar a thachair, b’ e droch roghainn a bha seo. Ghluais feachdan Ameireaganach gu sgiobalta gus a chuartachadh agus a chumail far an robh e. Cha b’ urrainn dha na Breatainnich arm Chornwallis a chuideachadh gus teicheadh, no tuilleadh shaighdearan a thoirt a-steach.

3. Dèan coimeas eadar beachdan Stòran B agus C air na tachartasan aig Blàr Yorktown, 1781. (Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)
4. Sgrìobh cunntas air na rudan a thachair mus do gheill Breatainn aig Saratoga ann an 1777.

4

5

EARRANN 3 — AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL

COMHARRAN

Pàirt C — SA 1850-1880

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

1. Sgrìobh cunntas air buaidh an leudachaidh chun an taoibh an iar air comann-sòisealta Ameireaga.

5

Tha Stòr A mu dheidhinn argamaidean eadar stàitean tràillealachd agus neo-thràillealachd.

Stòr A

Chaidh Co-rèiteachadh 1850 a chruthachadh le Eanruig Clay agus feadhainn eile gus dèiligeadh ris a' chothromachadh eadar stàitean tràillealachd agus stàitean saora. B' e cùis eile a rinn an teannachadh na bu mhotha, Achd Kansas-Nebraska ann an 1854. Cheadaich seo tuilleadh leudachaidh chun an taoibh an iar. B' ann an Kansas a thachair an fhìor chùis far an do thòisich muinntir Mhissouri, a bha airson tràillealachd, a' taomadh a-steach don stàit gus a cuideachadh le taic do thràillealachd. Thòisich strì eadhon air làr an t-Seanaidh nuair a fhuair Teàrlach Sumner, a bha ag iomairt an aghaidh tràillealachd, buille air a cheann bhon t-Seanadair Preston Brooks à Carolina a Deas.

2. Dè cho math 's a tha Stòr A a' mineachadh carson a thòisich an Cogadh Catharra? (Cleachd Stòr A agus d' fhiosrachadh fhèin.)

6

3. Minich na h-adhbharan airson gun robh e comasach dhan Taobh a Tuath a' chùis a dhèanamh air an Taobh a Deas anns a' Chogadh Chatharra. Tha Stòran B agus C mun dòigh anns an deach na h-Ameireaganaich dhubha a làimhseachadh aig àm an Ath-thogail.

5

Stòr B

Thuirt iad gun robh mi air euceart mòr a dhèanamh; bha mi air sgoil Shàbaid a chumail agus cha robh sin ceadachd. Chaidh mòran de thaighean sgoile a chur nan teine. Chaidh fuath a nochdadh dhan luchd-teagaisg sgoile coltach riumsa a bha a' teagasg ann an sgoiltean do chlann dhubh. Chaidh rabhadh a thoirt do dhà stiùiriche air bòrd-sgoile gum bu chòir dhaibh am Bòrd fhàgail agus rinn aon dhiubh sin. Chaidh iad ann air an oidhche agus thug iad na rabhaidhean sin seachad. Fhad 's a bha iad gam sgiùrsadh, dh'fhaighnich mi dhaibh dè bha mi air a dhèanamh. Thuirt iad gun robh mi a' feuchainn ris na daoine dubha sin a dhèanamh co-ionann ris na daoine geala; gur e dùthaich dha na daoine geala a bha an seo.

Stòr C

Bha am fòirneart a rinn na daoine geala ag amas, chan ann dìreach air na daoine dubha, ach air duine sam bith a chuir taic ris an adhbhar aca. Bha luchd-teagaisg nam pàirt mòr den seo agus bhathas gu tric gan cur fo eagal. 'S ann air an oidhche mar as trice a bhiodh na h-ionnsaighean sin a' tachairt: bhiodh iad a' pronnadh, a' gearradh agus a' murt, agus a' fàgail crois a' losgadh nan dèidh. Bha leisg air daoine dubha Ameireaga seasamh an aghaidh seo oir bha iad ag iarraidh gum biodh iad air am faicinn mar dhaoine sìtheil a bha a' cumail an lagha.

Dèan coimeas eadar beachdan Stòran B agus C air làimhseachadh Ameireaganaich dhubha aig àm an Ath-thogail. (Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)

4

EARRANN 3 – AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL

COMHARRAN

Pàirt D – Hitler agus Gearmailt nan Nadsaidhean, 1919-1939

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

1. Sgrìobh cunntas air na duilgheadasan poilitigeach a bha fa chomhair Poblachd Weimar eadar 1919 agus 1923.

5

Tha Stòr A mu dheidhinn na mòr-atmhorachd anns a' Ghearmailt ann an 1923.

Stòr A

Ann an 1923, bha grèim aig mòr-atmhorachd air a' Ghearmailt. Air feasgar Dihaoine bhiodh luchd-obrach a' dèanamh air a' bhùth a b' fhaisge, far am biodh mòran a' feitheamh mu thràth. Bha e trom air spiorad dhaoine. Nuair a nochdadh tu, bhiodh punnd siùcair a' cosg dà mhillean marc, ach mus tigeadh an t-àm agadsa, cha bhiodh airgead agad ach airson leth-phunnd. Anns an ùpraid, bhiodh daoine a' falbh le carbadan-cloinne làn airgid. Bha beatha dhaoine mar throm-laighe. Bha sinn air ar creachadh leis nach robh luach sam bith anns an airgead a bha sinn air a shàbhaladh.

6

2. Dè cho math 's a tha Stòr A a' mineachadh na buaidh a bha aig mòr-atmhorachd? (Cleachd Stòr A agus d' fhiosrachadh fhèin.)
3. Minich na h-adhbharan airson gun robh e comasach do Hitler dreuchd an t-Seansaileir fhaighinn ann an 1933.

5

Tha Stòran B agus C mu Oidhche nan Sgeinean Fada.

Stòr B

Dh'fhàg misneachd Hitler ann a bhith a' gabhail grèim air an t-suidheachadh gun robhas ga fhaicinn mar ghaisgeach ann an sùilean mòran de na Gearmailtich. Choisinn e aonta agus co-fhaireachdainn airson nan ceumannan a ghabh e. Tha daoine den bheachd gu bheil seo a' dearbhadh gu bheil e ag iarraidh òrdugh agus loinn anns a' Ghearmailt. Tha aithrisean bho dhiofar sgìrean den dùthaich uile ag innse gu bheil daoine ag ràdh gu bheil iad riarachtaichte gun do sheas Hitler an aghaidh a' chunnairt a bha Rohm agus an SA a' bagairt air a' Ghearmailt agus air an t-sluagh aice.

Stòr C

Air madainn 30 Ògmhios 1934, chaidh Rohm agus stiùirichean eile bhon SA a chur an grèim agus an ceann ùine an cur gu bàs. Dh'èirich an taic phearsanta a bha Hitler a' faighinn gu mòr mar thoradh air Oidhche nan Sgeinean Fada. Cha robh a' mhòr-chuid de Ghearmailtich idir toilichte le coirbteachd an SA agus chuir iad fàilte air na ceumannan làidir na aghaidh. Chuir an Ceann-suidhe Hindenburg an telegram seo gu Hitler: "Leis na ceumannan làidir a ghabh sibh agus an ceannas gaisgeil agaibh, shàbhail sibh nàisean na Gearmailt bho chunnart mòr."

Dèan coimeas eadar beachdan Stòran B agus C mu sheasamh nan Gearmailteach a thaobh Oidhche nan Sgeinean Fada. (Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)

4

Duilleag a sia-deug

EARRANN 3 – AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL

COMHARRAN

Pàirt E – A’ Bhratach Dhearg: Lenin agus Ar-a-mach na Ruis, 1894-1921

Freagair na ceistean a leanas a’ cleachdadh d’ fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

1. Thoir iomradh air a’ chruadal anns an robh luchd-obrach gnìomhachais anns an Ruis ro 1914.

5

Tha Stòr A mu dheidhinn mar a thòisich Ar-a-mach 1905.

Stòr A

Mus tàinig 1905 bha miann a’ fàs airson cur às do riaghaltas smachdail Nicholas II. Bha tòrr bochdainn anns na mòr-bhailtean agus air an dùthaich. Chaidh an t-ar-a-mach a neartachadh nuair a chaidh an Ruis a nàrachadh agus lapan a’ toirt buaidh oirre. San Fhaoilleach thòisich ar-a-mach gus cuidhteas fhaighinn den Tsar. Bha àimhreit mhòr anns na pàirtean den ìompaireachd nach robh Ruiseanach. Bha rian na b’ fheàrr air na buidhnean a bha a’ dèanamh ar-a-mach. Stèidhich iad sobhiet ann an St Petersburg. B’ e seòrsa de phàrlamaid luchd-obrach a bh’ ann an sobhiet.

2. Dè cho math ‘s a tha Stòr A a’ mineachadh carson a bha ar-a-mach anns an Ruis ann an 1905? (Cleachd Stòr A agus d’ fhiosrachadh fhèin.)
3. Minich na h-adhbharan airson gun robh e comasach dha na Boilseabhaich cumhachd a ghlacadh san Dàmhair 1917.

6

5

Tha Stòran B and C a’ toirt iomradh air ceannas Trotsky anns a’ Chogadh Chatharra.

Stòr B

Airson trì bliadhna, bha Trotsky a’ fuireach air an trèana armaichte aige a’ siubhal gu gach sgìre den aghaidh. Shiubhail e 65,000 mìle fhad ‘s a bha an cogadh ann, a’ dèanamh cinnteach gun robh an t-Arm Dearg a’ faighinn biadh math agus stuth armachd gu leòr. Bha e na stiùiriche brosnachail agus daingeann airson an adhbhair. Bhiodh e a’ toirt seachad òraidean làidir dha na feachdan agus a’ togail misneachd nam measg, eadhon nuair nach robh na stiùirichean Boilseabhach eile cinnteach gun dèanadh iad a’ chùis air an arm Gheal. Thàinig còrr air còig millean duine a-steach don Arm Dhearg gu saor-thoileach.

Stòr C

Chaidh Trotsky a chur an dreuchd mar Chommissar Cogaidh tràth ann an 1919 agus gu sgiobalta choisinn e inbhe mar cheannard cruaidh a chum smachd air daoine le bhith a’ cur eagal orra. Cho-èignich e daoine gus a dhol dhan Arm Dhearg gus àrdachadh fhaighinn san àireimh de shaighdearan agus thug e 50,000 a-steach a bha roimhe seo nan oifigearean Tsarach gus na saighdearan ùra a thrèanadh. Cha b’ ann dìreach airson luchd-teichidh a bha peanas a’ bhàis ga chleachdadh. Nuair a theich 200 saighdear aig Svyazhsk, nochd Trotsky agus dh’òrdaich e gun deigheadh aon duine anns gach deichnear san rèisimeid a chur gu bàs mar rabhadh do chàch.

4. Dèan coimeas eadar beachdan Stòran B agus C a thaobh ceannas Trotsky anns a’ Chogadh Chatharra. (Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)

4

EARRANN 3 – AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL

COMHARRAN

Pàirt F – Mussolini agus Eadailt nam Faisisteach, 1919-1939

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha Stòran A agus B mu dheidhinn carson a bha e comasach do Mhussolini cumhachd a ghlacadh ann an 1922.

Stòr A

Bha ainm aig sgiobaidhean nam Faisisteach airson a bhith ri fòirneart chruaidh agus bha seo air Mussolini a chur ann an suidheachadh far am b' urrainn dha bagairt air an riaghaltas. Is e seo a rinn e san iomairt ris an canar "Caismeachd air an Ròimh". Ged a cho-dhùin an riaghaltas an t-arm a chur a-steach gus stad a chur air Mussolini, cho-dhùin an rìgh, Victor Emmanuel III, an àite sin gun deigheadh gabhail ri tagraidhean Mhussolini agus chuir e e na cheannard air riaghaltas ùr.

Stòr B

Chuir na Sòisealaich agus na Comannaich stailc choitcheann an aghaidh nam Faisisteach air dòigh, ach cha tug an sluagh taic dhaibh. Às dèidh na stailc, cho-dhùin Mussolini smachd a ghabhail air an riaghaltas. Rinn Mussolini agus an luchd-leantainn aige caismeachd don Ròimh. Mus do leig e dheth a dhreuchd, ghairm am prìomh mhinistear an t-arm a-mach nuair a chuartaich na Faisistich an Ròimh. Ach, bha cus cuideim an seo airson rìgh na h-Eadailt agus dhiùlt e an t-arm a chleachdadh gus stad a chur air "caismeachd" Mhussolini.

1. Dèan coimeas eadar beachdan Stòran A agus B mu dheidhinn carson a bha e comasach do Mhussolini cumhachd a ghlacadh san Eadailt ann an 1922. (Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)

4

Tha Stòr C a' toirt cunntas air cult Il Duce ann an Eadailt nam Faisisteach.

Stòr C

Thòisich an cult ceannardais ann an Eadailt nam Faisisteach cho luath cha mhòr 's a fhuair Mussolini cumhachd ann an 1922. Ro dheireadh 1925, bha an t-àite aige mar Duce Faisisteachd agus Ceannard an Riaghaltais air fhaighinn le atharraichean san lagh. Tha deasbad theth air a bhith ann mu cheannas Mhussolini agus gu h-àraidh mun bhreithneachadh phoilitigeach aige. Gu cinnteach bha charisma agus tùr poilitigeach aig Mussolini a chuidich e gus cumhachd a chumail thairis air Faisisteachd agus air sluagh na h-Eadailt. Ach, b' ann timcheall air cleasachd agus propaganda a bha na prìomh thalantan aige.

2. Dè cho slàn 's a tha Stòr C a' toirt cunntas air cult Il Duce ann an Eadailt nam Faisisteach? (Cleachd Stòr C agus d' fhiosrachadh fhèin.)
3. Sgrìobh cunntas air oidhirpean nam Faisisteach gus eaconamaidh na h-Eadailt ath-thogail anns na 1920an agus na 1930an.
4. Minich na h-adhbharan airson gun robh cho beag dùbhlain an aghaidh Mussolini.

6

5

5

EARRANN 3 – AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL

Pàirt G – Saor mu dheireadh? Còraichean Catharra sna SA 1918-1968

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

1. Sgrìobh cunntas air na duilgheadasan a bha fa chomhair Ameireaganaich dhubha a ghluais gu tuath anns na 1920an agus na 1930an.

5

Tha Stòran A agus B a' toirt cunntas air toradh Seachnadh Bus Mhontgomery.

Stòr A

Tron t-seachnadh thug searmonaiche òg, dubh brosnachadh don t-sluagh dhubh ann am Montgomery. B' e ainm an duine Martin Luther King, agus b' e seo a' chiad cheum aige air an t-slighe gu bhith air ceann na h-iomairt airson Chòraichean Catharra. Mhair an seachnadh còrr air bliadhna gus mu dheireadh an do cho-dhùin na cùirtean gun robh sgaradh air busaichean Mhontgomery mì-laghail. Leis fhèin, cha robh seachnadh a' bhus soirbheachail ach gu ìre. Bha Montgomery fhathast na bhaile a bha sgarichte. Bha fhathast taighean-cluich, seòmraichean pool agus taghean-bidh ann do dhaoine geala a-mhàin.

Stòr B

Sheachain 99% de dh'Ameireaganaich Afraganach ann am Montgomery busaichean na companaidh a chleachdadh airson còrr air bliadhna. Mar thoradh air an iomairt, dh'ainmich Prìomh Chùirt nan SA gun robh laghan sgaraidh Alabama mì-laghail. Ach, mhair sgaradh anns a' mhòr-chuid de ghoinneasan 's de sheirbheisean eile ann am Montgomery airson iomadach bliadhna eile. Mar thoradh air an t-seachnadh, chaidh Martin Luther King an sàs anns an iomairt airson Chòraichean Catharra. Lean e air gu bhith na cheannard Ameireaganach Afraganach a bha ainmeil air feadh an t-saoghail.

2. Dèan coimeas eadar beachdan Stòran A agus B mu thoradh Seachnadh Bus Mhontgomery. (Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)
3. Minich na h-adhbharan airson gun robh Ameireaganaich dhubha a' faireachdainn gun deach adhartas a dhèanamh a dh'ionnsaigh chòraichean catharra eadar 1945 agus 1964.

4

5

Tha Stòr C ag innse mar a bha Malcolm X a' cur an aghaidh iomairt gun fhòirneart.

Stòr C

Fhuair Malcolm X droch làimhseachadh na òige agus mar sin bha beachdan eadar-dhealaichte aige na bha aig Martin Luther King. Nas fhaide air adhart, fhad 's a bha e sa phrìosan, bha e fo bhuaidh beachdan Elijah Muhammad a bha a' searmonachadh fuath do na daoine geala. Anns na h-òraidean aige bha e a' cur sìos air iomairt gun fhòirneart. Bha e a' creidsinn gun robh taic airson neo-fhòirneart a' comharrachadh gun robh daoine dubha fhathast beò ann an tràillealachd inntinn. Ach, cha do ghabh Malcolm X pàirt ann am fòirneart e fhèin idir agus aig amannan chuir e casg air. An àite sin bhiodh e gu tric a' cleachdadh bhriathran ainneartach agus a' maoidheadh air an riaghaltas gus an dèanadh iad rudeigin.

Dè cho slàn 's a tha Stòr C a' mineachadh beachdan Malcolm X air iomairt gun fhòirneart? (Cleachd Stòr C agus d' fhiosrachadh fhèin.)

6

EARRANN 3 – AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL

COMHARRAN

Pàirt H – Sitheachadh agus an t-Slighe gu Cogadh, 1918-1939

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

1. Minich na h-adhbharan airson gun robh Hitler ag iarraidh a' Ghearmailt ath-armachadh anns na 1930an.

5

Tha Stòr A mu phoileasaidh Sitheachaidh Bhreatainn anns na 1930an.

Stòr A

Bha an t-Ìsleachadh Mòr a' ciallachadh nach robh airgead ann airson ath-armachadh agus bha fios aig an riaghaltas gun robh sluagh Bhreatainn gu tur an aghaidh cogadh. Bha Chamberlain air a bhith na Sheansalair mus deach e na Phrìomhaire ann an 1937. Bha e airson chòmhradh aghaidh ri aghaidh eadar stiùirichean na Roinn Eòrpa agus bha e a' creidsinn gum biodh e comasach dha cùisean a dheasbad gu dìreach le Hitler. Bha Riaghaltas Bhreatainn den bheachd gur e Comannaich na Ruis a bu chunnartaiche a thaobh casg air sìth an t-saoghail.

2. Dè cho slàn 's a tha Stòr A a' mìneachadh carson a chùim Breatainn ri poileasaidh Sitheachaidh suas gu 1937? (Cleachd Stòr A agus d' fhiosrachadh fhèin.)

6

Tha Stòran B agus C a' toirt cunntas air an Anschluss eadar a' Ghearmailt agus an Ostair ann an 1938.

Stòr B

Tha e soilleir gu bheil Anschluss mòr-thaitneach am measg muinntir na h-Ostaire a tha, co-dhiù, Gearmailteach nan cànan is nan cultar. Bha a bhith a' cumail na Gearmailt agus na h-Ostair air leth air fear de na cumhachan a bu mhosaiche aig Versailles agus tha an t-ana-ceartas sin a-nis air a chur ceart. Mar sin tha e coltach gum faigh an Roinn Eòrpa buannachd bho ghreis sìthe agus saibhreis leis a' Ghearmailt a' gluasad a-steach gu àm nas dòchasaiche.

Stòr C

Tha a' Ghearmailt air an Ostair a ghabhail thairis. Chì duine toiniseil sam bith gu bheil Gearmailt a tha eadhon nas làidire na cunnart a thaobh sìth agus stèidhealachd na Roinn Eòrpa. Bha an co-dhùnadh ann an 1919 gus casg a chur air Anschluss ciallach a thaobh a bhith a' cuingealachadh amasan cogail na Gearmailt. Tha sinn air leigeil le Hitler dùthaich neo-eisimeileach a ghabhail thairis le brùidealachd.

3. Dèan coimeas eadar beachdan Stòran B agus C mu dheidhinn an Anschluss eadar a' Ghearmailt agus an Ostair ann an 1938. (Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)
4. Sgrìobh cunntas air oidhirpean Bhreatainn agus na Frainge gus cogadh ris a' Ghearmailt ri linn Èiginn na Seice a sheachnadh.

4

5

EARRANN 3 — AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL

COMHARRAN

Pàirt I — An Dàrna Cogadh Mòr, 1939-1945

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

1. Minich na h-adhbharan airson gun robh e comasach do dh'arm na Gearmailt ruaig a chur air na nàimhdean aca cho sgiobalta eadar 1939 agus 1942.

5

Tha Stòran A agus B mu iomairtean Dùbhlain nam Frangach.

Stòr A

Fad dà bhliadhna bha e duilich do dh'iomairtean dùbhlain anns an Roinn Eòpra adhartas a dhèanamh an aghaidh neart armachd na Gearmailt. Ach, bha e air a bhith feumail ann a bhith a' tional fiosrachadh airson nan Caidreach. Bha na h-ionnsaighean uabhasach eadar 1939 is 1941 air glè bheag de dh'ùine a thoirt do gach dùthaich arm diomhair de sheòrsa sam bith ullachadh gus cur an aghaidh nam feachdan ionnsaigh. Thuirt na ceannardan Gearmailteach gun robh na h-iomairtean dùbhlain nan dragh dhaibh, ach nach robh iad dad nas miosa na sin.

Stòr B

Fad a' chogaidh thug Luchd-dùbhlain na Frainge buaidh aig prìomh amannan air feachdan na Gearmailt a ghabh sealbh air an dùthaich. Chuir luchd-dùbhlain cùisean air dòigh gu diomhair gus faighinn a-mach mu luchd-brathaidh Frangach, prìomh oifigearan Nadsaidheach a mharbhadh, cur às do thrèanaichean, do chonbhoidhean agus do bhàtaichean a bha arm na Gearmailt a' cleachdadh. Chosg na h-iomairtean soirbheachail mòran dhaibh. Aig amannan bhiodh an Gestapo a' toirt ionnsaighean dìoghaltais marbhtach air sìobhaltaich neo-chiontach.

2. Dèan coimeas eadar beachdan Stòran A agus B mu obair Luchd-dùbhlain na Frainge. (Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)

4

Tha Stòr C mu dheidhinn mar a thuit Berlin.

Stòr C

B' e Dihaoine 20 Giblean an 56mh co-là-breith aig Hitler. Chuir na Sobhietich tiodhlac co-là-breith thuige — làmhachas trom a-steach gu fìor chridhe a' bhaile — agus chuir Caidrich an Taobh Siar ris an sin le rèid mòr bhon adhar. Dh'ainmich an rèidio gun robh Hitler air tighinn a-mach às a' bhuncair thèarainte aige gus bruidhinn ri balaich eadar 14-16 bliadhna a bha gu "saor-thoileach" ag iarraidh "urram" ballrachd san SS agus bàsachadh airson a' Führer ann a bhith a' dìon Bherlin. Abair breug ghrànda! Cha robh na balaich ud ga dhèanamh gu saor-thoileach idir, ach cha robh roghainn aca, oir chaidh balaich a chaidh a lorg 's iad a' falach a chrochadh mar luchd-brathaidh leis an SS.

3. Dè cho slàn 's a tha Stòr C a' toirt cunntas air na tachartasan suas gu tuiteam Bherlin? (Cleachd Stòr C agus d' fhiosrachadh fhèin.)

6

4. Sgrìobh cunntas air na dòighean anns an robh e comasach dha na h-Ameireaganaich a' chùis a dhèanamh air Iapan ann an 1945.

5

Duilleag fichead 's a h-aon

EARRANN 3 — AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL

COMHARRAN

Pàirt J — An Cogadh Fuar, 1945-1989

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha Stòr A mu Èiginn Urchairean Chiùba.

Stòr A

Do riaghaltas Ameireaga, bha e na ghnìomh coltach ri cogadh, na Sobhietich a bhith a' cur urchairean air Ciùba. Bha iad a' creidsinn gun robh an t-Aonadh Sobhieteach an dùil mòran armachd niùclasach chumhachdach a chur ann. Chaidh an t-Aonadh Sobhieteach às àicheadh gum b' ann airson cogadh a bha seo. Ach, dhearbhadh dealbhan-faire gum b' ann airson ionnsaigh a bha na h-urchairean leis gun robh iad a' coimhead gu dìreach a dh'ionnsaigh prìomh mhòr-bhailtean Ameireaga. Bhathas den bheachd nan deigheadh an losgadh gum biodh 80 millean Ameireaganach marbh taobh a-staigh beagan mhionaidean.

1. Dè cho slàn 's a tha Stòr A a' mìneachadh carson a ghluais riaghaltas Ameireaga aig àm Èiginn Urchairean Chiùba? (Cleachd Stòr A agus d' fhiosrachadh fhèin.) 6
2. Minich na h-adhbharan airson gun do thog Gearmailtich an Ear Balla Bherlin ann an 1961. 5

Tha Stòran B agus C mu dheidhinn innleachdan nam Vietcong.

Stòr B

B' e ceatharnaich-cogaidh ionadail Vietnam a Deas a bh' anns na Vietcong, no "Charlie" mar a bh' aig na h-Ameireaganaich orra. Bha trì buidhnean am measg nam Vietcong: aonadan de shaighdearan làn-ùine, feachdan ionadail, agus ceatharnaich-cogaidh pàirt-ùine. San fharsaingeachd, cha bhiodh na Vietcong a' toirt ionnsaighean mòra air an nàmhaid, ach bhiodh iad a' sàrachadh nam feachdan agus nan ionadan aca gun sgar. Mar sin cha robh ach grunnan beag dhiubh gam marbhadh no gan leòn gach àm. Cha bhiodh mòran aca nan cois, dìreach buill-airm shimplidh agus glè bheag de stuth.

Stòr C

B' e a' chiad bhlàr ceart a bh' againn sabaid fhosgailte aig Planntachas Rubair Mhichelin. Thug na mìltean de Vietcong ionnsaigh às dèidh ionnsaigh air a' champa againn. Ach bha a h-uile seòrsa de bhuill-airm Sìonach is Ruiseanach aca, leithid tilgeirean lasraichean agus rocaidean. Mu dheireadh thug sinn contra-ionnsaigh orra agus phut sinn air ais iad. Gu fortanach, cha do chaidh sinn ach mu sheachdnar. Bhathas ag ràdh gun deach 800 corp Vietcong a lorg ach bha mise den bheachd gun robh barrachd ann.

3. Dèan coimeas eadar beachdan Stòran B agus C mu dheidhinn innleachdan nam Vietcong. (Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.) 4
3. Sgrìobh cunntas air na ceumannan a chaidh a ghabhail gus teannachadh eadar na SA agus an USSR eadar 1968 agus 1989 a lùghdachadh. 5

Duilleag fichead 's a dhà

[CRÌOCH SAMPALL A' PHÀIPEIR-CHEISTEAN]



Teisteanais
Nàiseanta
SÀMPALL A-MHÀIN

SQ23/N5/01

Eachdraidh

Stiùireadh Ceartachaidh

Tha an Stiùireadh Ceartachaidh seo air a thoirt seachad gus sealltainn mar a cheartaicheadh SQA seo Sampall de Phàipear-cheistean.

Faodar am fiosrachadh san fhoillseachadh seo ath-riochdachadh gus taic a thoirt do theisteanasan SQA air bunait neo-choimearsalta a-mhàin. Ma tha e gu bhith air a chleachdadh airson adhbhar sam bith eile, feumar cead sgrìobhte fhaotainn bho sgioba Margaidheachd SQA aig marketing@sqa.org.uk.

Far a bheil stuthan bho stòran eile san fhoillseachadh a thuilleadh air stòran SQA (ie dàrna dlighe-sgrìobhaidh), cha bu chòir an stuth seo ath-riochdachadh ach airson adhbharan deuchainn no measaidh. Ma dh'fheumas e a bhith air ath-riochdachadh airson adhbhar sam bith eile, is e uallach an neach-cleachdaidh a tha ann an cead dlighe-sgrìobhaidh iomchaidh fhaighinn.



Pàirt a h-Aon: Prionnsapalan Ceartachaidh Coitcheann airson Eachdraidh Nàiseanta 5

Tha am fiosrachadh seo air a thoirt seachad gus do chuideachadh a bhith a' tuigsinn nam prionnsapalan coitcheann a dh'fheumas tu a chur an sàs nuair a bhios tu a' ceartachadh freagairtean nan oileanach do na ceistean sa Phàipear seo. Feumar na prionnsapalan sin a leughadh còmhla ris an Stiùireadh Ceartachaidh shònraichte airson gach ceist. Tha na sgeamaichean ceartachaidh air an sgrìobhadh gus taic a thoirt gu bhith a' dearbhadh 'an fhreagairt as lugha ris an tèid gabhail' an àite a bhith a' dèanamh liosta den h-uile freagairt ceart agus ceàrr a b' urrainn a bhith air a thoirt.

- (a) Feumaidh comharran airson gach freagairt bho oileanach a bhith an-còmhnaidh a rèir nam prionnsapalan ceartachaidh coitcheann sin agus an Stiùireadh Ceartachaidh sònraichte airson na ceist.
- (b) Bu chòir do cheartachadh an-còmhnaidh a bhith deimhinneach, ie bu chòir comharran a thoirt seachad airson nan nithean a tha ceart agus chan ann air an toirt air falbh airson mhearachdan no nithean a chaidh fhàgail às.
- (c) i. Gus creideas a thoirt, feumaidh puingean a bhith co-cheangailte ris a' cheist a chaidh a chur. Far an toir oileanaich seachad puingean eòlais gun an co-theacsa a shònrachadh, bu chòir dhaibh puingean fhaighinn mura h-eil e soilleir nach eil iad a' buntainn ri co-theacsa na ceist.
- me Dh'fhuiling cuid de shaighdearan air an aghaidh an iar bho chas-e comasach dhaibh na casan aca a chumail tioram. (1 chomharra airson nach eil seo ag ainmeachadh gum buin e ris na saighdearan Albannach)*
- ii. Tha sia seòrsachan ceist air an cleachdadh sa phàipear-cheistean seo. Bidh gach ceist a' measadh sgìil sònraichte, leithid:
- A. Sgrìobh cunntas air...
- B. Minich na h-adhbharan airson . . .
- C. Dè an ìre gu bheil . . .
- D. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha Stòr . . .
- E. Dèan coimeas eadar beachdan Stòran . . .
- F. Dè cho math 's a tha Stòr ...
- iii. Airson gach seòrsa ceist sa (ann an ii gu h-àrd), tha na leanas a' toirt tar-shealladh air prionnsapalan ceartachaidh, agus eisimpleir den dòigh airson an cleachdadh airson gach seòrsa ceist.

A Ceistean a tha ag iarraidh air oileanaich *Sgrìobh cunntas air....* (5 or 6 comharran)

Feumaidh oileanaich grunn puingean buntainneach, fìorasach a thoirt seachad. Bu chòir dhaibh sin a bhith nam prìomh puingean. Chan fheum na puingean a bhith ann an òrdugh sònraichte sam bith. Faodaidh oileanaich grunn puingean neo-fhillte a thoirt no àireamh nas lugha de puingean leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.

Suas chun nan comharran iomlan, 5 no 6 comharran, airson na ceist seo:

- Bu chòir **aon chomharra** a thoirt airson gach puing bhuntainneach fhìorasach.
- Bu chòir **dàrna chomharra** a thoirt seachad airson adhbhar a chaidh a

leudachadh, mar san eisimpleir a leanas

Ceist: Sgrìobh cunntas air Ath-leasachaidhean Sochairan nan Libearalach a chaidh a thoirt a-steach eadar 1906 agus 1914.

Thug na Libearalaich grunn ath-leasachaidhean shochairan a-steach a bha ag amas air cuideachdadh a thoirt dha na daoine as bochda sa chomann-shòisealta (1 chomharra airson eòlas). Bha iad gu sònraichte a' feuchainn ri clann agus seann daoine a chuideachadh (an dàrna comharra airson leasachadh).

B Ceistean a tha ag iarraidh air oileanaich *Mìnich na h-adhbharan airson ...* (5 or 6 comharran)

Feumaidh oileanaich grunn phuingean a dhèanamh a nì an cuspair simplidh no soilleir, mar eisimpleir le bhith a' sealltainn cho-cheanglaichean eadar factaran, no dàimhean adhbharach eadar tachartasan no beachdan. Bu chòir dhaibh sin a bhith nam prìomh adhbharan agus faodaidh iad beachdan teòiridheach a ghabhail a-steach. Cha leigear a leas na h-adhbharan sin a luachadh no a chur ann an òrdugh prìomhachais. Faodaidh oileanaich grunn adhbharan neo-fhillte a thoirt no àireamh nas lugha de dh'adhbharan leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.

Suas chun nan comharran iomlan, 5 no 6 comharran, airson na ceist seo:

- Bu chòir **aon chomharra** a thoirt airson gach puing bhuntainneach fhìorasach.
- Bu chòir **dàrna comharra** a thoirt seachad airson adhbhar a chaidh a leudachadh, mar san eisimpleir a leanas

Ceist: Mìnich na h-adhbharan airson gun tug na Libearalaich na h-ath-leasachaidhean aca air sochairan sòisealta a-steach eadar 1906 agus 1914.

Thug na Libearalaich diofar ath-leasachaidhean a-steach gus a bhith a' cuideachadh nan daoine as bochda sa chomann-shòisealta leis gun deach a shealltainn gun robh a' bhuidheann seo a' fulang cruadalán sònraichte. (1 chomharra airson adhbhar) Bha Booth air comharrachadh gun robh còrr air 35% de mhuintir Lunnainn beò ann am bochdainn. (dàrna comharra airson leasachadh).

C Ceistean a tha a' faighneachd *Dè an ìre . . .* (8 comharran)

Feumaidh oileanaich breith a thoirt air an ìre gu bheil diofar fhactaran a' cur ri tachartas no leasachadh, no a' bhuidheann a tha aige. Feumaidh iad cunntas cothromaichte a thoirt seachad air buaidh diofar fhactaran agus tighinn gu co-dhùnadh reusanaichte stèidhte air an fhianais a thug iad seachad.

Bu chòir suas gu **5 comharran** a thoirt airson prìomh phuingean buntainneach fhìorasach a chleachdar gus taic a thoirt do fhactaran: le **1 chomharra** ga thoirt airson gach puing. **Mas e aon fhactar a-mhàin a tha air a thoirt seachad, bu chòir 3 comharran aig a' char as àirde a thoirt airson puinge eòlais buntainneach.**

Bu chòir suas gu **3 comharran eile** a thoirt airson an fhreagairt a thaisbeanadh ann an dòigh air a bheil stuctar agus tighinn gu co-dhùnadh reusanaichte, mar a leanas:

- **1 chomharra** airson an fhreagairt a thaisbeanadh ann an dòigh air a bheil stuctar, le eòlas air a rèiteachadh airson taic a thoirt do dhiofar fhactaran.
- **1 chomharra** airson breith no co-dhùnadh iomlan èifeachdach.
- **1 chomharra** airson adhbhar ga thoirt mar thaic don cho-dhùnadh

Eisimpleir:

Tha cuid de luchd-eachdraidh den bheachd gun do ghabh na Libearalaich ris na h-ath-leasachaidhean aca air sochairean gus taic a thoirt dha na daoine as bochda. Chuidich Achdan an Àrachais Nàiseanta le bhith a' cumail luchd-obrach a-mach à bochdainn. (1 chomharra airson eòlas) Bha toirt a-steach peinneanan seann daoine a' ciallachadh nach robh an t-uallach airson taic a chumail ri seann daoine a' laighe air teaghlaichean. (1 chomharra airson eòlas)

Ach, tha luchd-eachdraidh eile a' smaoinichadh gum b' e strì ris a' Phartaidh Làbarach bu mhotha a bha fainear dhaibh. (1 chomharra airson structar) Cha robh ann an gearradh an latha obrach do mheinnearan ach dòigh air an cuid taic a cheannach. (1 chomharra airson eòlas) Bha Achdan an Àrachais Nàiseanta ag amas air fir a bha ag obair a bhiodh dualtach èisteachd ris a' Phartaidh Làbarach nam biodh iad a' faireachdainn nach robh na Libearalaich ag èisteachd riutha. (1 chomharra airson eòlas)

Tha cuid eile a' creidsinn gur ann mu dheidhinn èifeachdas nàiseanta a bha e. Bha Churchill agus Lloyd George ag argumaid gun robh Breatainn a' feumachdainn a cuid sluaigh a bhith nas uidheamaichte ma bha iad gu bhith comasach air farpais. (1 chomharra airson eòlas) Bha iad air an oillteachadh le staid nan daoine a bha deònach a dhol an sàs ann an Cogadh nam Boer agus bha iad airson fuasgladh fhaighinn air an duilgheadas seo. (1 chomharra airson eòlas)

Gu h-iomlan, bha barrachd uallaich air na Libearalaich mu bhith a' cuideachdadh nan daoine bochda. (1 chomharra airson co-dhùnadh) Bha a' mhòr-chuid de na h-ath-leasachaidhean aca ag amas air na daoine bochda a chuideachadh, agus tha e soilleir bho na h-òraidean aca gur e seo a bu mhotha a bha gam brosnachadh. (1 chomharra airson taic a thoirt do cho-dhùnadh)

D Ceistean a bhios ag iarraidh air oileanaich Dèan measadh air dè cho feumail 's a bha stòr ainmichte mar fhianais air . . . (5 or 6 comharran)

Feumaidh oileanaich luachadh a dhèanamh air an ire gu bheil stòr feumail le bhith a' toirt iomradh air fianais leithid ùghdar, seòrsa stòir, adhbhar, an t-àm, susbaint agus dearmad.

Suas chun nan comharran iomlan, 5 no 6 comharran, airson na ceist seo:

- faodar 4 comharran aig a' char as àirde a thoirt airson beachdan luachaidh a' buntainn ri ùghdar, seòrsa stòir, adhbhar agus an t-àm.
- faodar 2 chomharra aig a' char as àirde a thoirt airson beachdan luachaidh a' buntainn ri susbaint an stòir.
- faodar 2 chomharra aig a' char as àirde a thoirt airson beachdan luachaidh a' buntainn ri puingean cudromach air an do rinneadh dearmad.

Eisimpleir:

Tha Stòr A feumail oir chaidh a sgrìobhadh ann an 1910, an t-àm san robh na Libearalaich a' toirt a-steach nam prìomh ath-leasachaidhean aca. (1 chomharra) Chaidh a sgrìobhadh leis a' Phrìomhaire agus mar sin is dòcha nach eil e cho feumail leis gun robh buannachd phearsanta ann dha le bhith a' toirt iomhaigh shoirbheachail dha na h-ath-leasachaidhean. (1 chomharra) Tha e ag ràdh "nì na h-ath-leasachaidhean sin beatha nan daoine bochda mòran nas fheàrr", a tha a' nochdadh leiteachas agus mar sin chan eil e cho feumail. (1 chomharra) Air an làmh eile, tha e cuideachd ag ràdh gum biodh Achd an Àrachais Nàiseanta na bhuannachd do dh'fhir a bha ag obair le bhith a' toirt dhaibh sochairean cion-cosnaidh; tha seo fìorasach agus mar sin tha e a' dèanamh an stòir nas fheumaile. (1 chomharra) Ach chan eil e cho feumail leis nach eil e ag innse nach biodh boireannaich a' tighinn a-steach fon Achd seo. [1 chomharra]

E Ceistean a tha ag iarraidh air oileanaich *Dèan coimeas eadar na beachdan a tha ann an dà stòr ainmichte mu...* (4 comharran)

Feumaidh oileanaich fianais eadar-mhineachadh agus coimeasan dìreach a dhèanamh eadar stòran. Thathas an dùil gun dèan oileanaich coimeas dìreach air susbaint, puing às dèidh puing.

Suas chun nan comharran iomlan, 4 comharran, airson na ceist seo:
Nochdaidh coimeas sìmplidh na puingeann air a bheil iad ag aontachadh no ag eas-aontachadh agus bu chòir **1 chomharra** a thoirt seachad. Bidh taic aig coimeas leasaichte bho iomradh sònraichte air gach stòr agus bu chòir **2 chomharra** a thoirt seachad.

Eisimpleir:

Tha Stòras A agus B ag aontachadh gur e riaghladair neo-èifeachdach a bh' anns an Rìgh Teàrlach I. (1 chomharra airson coimeas sìmplidh)

Tha na stòran ag eas-aontachadh a thaobh na h-ìre dhan do chruthaich Teàrlach I na duilgheadasan aige fhèin. (1 chomharra airson coimeas sìmplidh)

Tha Stòr A ag aontachadh le Stòr B far a bheil e ag ràdh "dh'fhaillich air an Rìgh smachd a chumail air a' phàrlamaid" agus Stòr B ag ràdh "Bhosnaich an Rìgh Teàrlach na daoine aige fhèin gus ar-a-mach a dhèanamh". (dàrna chomharra airson coimeas leasaichte)

Tha eas-aonta anns na stòran mu dè cho mòr 's a bha Teàrlach I air na duilgheadasan aige fhèin adhbharachadh, far a bheil Stòr A den bheachd gur e truaighe a bh' ann an Teàrlach mar Rìgh, agus Stòr B den bheachd nach robh e dona sa fharsaingeachd, ach gun d' rinn e mearachdan cudromach. (2 chomharra airson coimeas leasaichte)

F Ceistean a tha a' faighneachd *Dè cho math 's a tha stòr ainmichte air mineachadh/cunntas a thoirt air . . .* (5 or 6 comharran)

Feumaidh oileanaich breith a thoirt mun ìre gu bheil an stòr a' toirt seachad làn chunntas/mhineachadh air tachartas no leasachadh ainmichte.

Suas chun nan comharran iomlan, 5 no 6 comharran, airson na ceist seo:

- bu chòir oileanaich suas gu **3 comharran** fhaighinn airson a bhith a' comharrachadh puingeann bhon stòr a tha a' toirt taic don bhreith aca; feumaidh gach puing bhon stòr a bhith air a h-eadar-mhineachadh an àite a bhith air a togail dìreach bhon stòr
- bu chòir oileanaich suas gu **4 comharran** fhaighinn airson a bhith a' comharrachadh puingeann cudromach air an do rinneadh dearmad, stèidhichte air an eòlas aca fhèin, a tha a' toirt taic don bhreith aca
- faodar **2 chomharra** aig a' char as àirde a thoirt airson fhreagairtean far nach breith idir a thoirt

Eisimpleir:

Tha Stòr B a' mineachadh gu ìre mhath nan adhbharan airson gun tug na Libearalaich na h-ath-leasachaidhean aca a-steach leis gu bheil e a' toirt iomradh air an eagal a bha a' fàs orra mu dheidhinn a' Phartaiddh Làbaraich. (1 chomharra) Tha e a' toirt iomradh sònraichte air na BP Cuimreach leithid Lloyd George a bha ann an cunnart na seataichean aca a chall. (1 chomharra) Tha e cuideachd a' dèiligeadh ri bhith a' togail dùil am measg a' chlas obrach rud a dh' fhaodadh am Partaidh Làbarach a dhèanamh. (1 chomharra) Ach, chan eil e a' toirt iomradh air an fhìor ualach airson a' mhòr-shluaigh a bha a' brosnachadh mòran de BhP. (1 chomharra) Bha droch shlàinte mòran de na saighdearan saor-thoileach ann an Cogadh nam Boer air uabhas a chur air mòran dhiubh agus air toirt orra atharraichean iarraidh. (1 chomharra) Bha cuid eile, leithid Churchill, a' faireachdainn gun robh bochdainn a' cumail farpaiseachd Bhreatainn air ais mar dhùthaich agus gum feumadh sin atharrachadh. [1 chomharra]

Duilleag 5

Duilleag 4

Pàirt a Dhà: Stiùireadh Ceartachaidh airson gach ceist.

Earrann 1, Pàirt A

Ceist	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh. Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo										
1	<p>Feumaidh oileanaich luachadh a dhèanamh air an ìre gu bheil stòr feumail le bhith a' toirt iomradh air fianais leithid ùghdar, seòrsa stòir, adhbhar, an t-àm, susbaint agus dearmad.</p> <p>Airson comharra a thoirt seachad, feumaidh an t-oileanach taobh den stòr a chomharrachadh agus beachd a thoirt seachad a tha a' sealltainn mar a tha an taobh seo a' dèanamh an stòir nas fheumaile no gun a bhith cho feumail.</p> <p>Suas chun nan comharran iomlan airson na ceist seo:</p> <ul style="list-style-type: none"> • faodar 4 comharran aig a' char as àirde a thoirt airson beachdan luachaidh a' buntainn ri ùghdar, seòrsa stòir, adhbhar agus an t-àm. • faodar 2 chomharra aig a' char as àirde a thoirt airson beachdan luachaidh a' buntainn ri susbaint an stòir. • faodar 2 chomharra aig a' char as àirde a thoirt airson phuingeagan cudromach air an do rinneadh dearmad. 	5	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean suas gu 5 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Feumaidh oileanaich breith a thoirt air cho feumail 's a tha an stòr agus taic a thoirt don seo le bhith a' toirt seachad bheachdan luachaidh air taobhan comharraichte den stòr.</p> <p>Bu chòir 1 chomharra a thoirt airson gach beachd buntainneach, suas gu 5 comharran gu lèir aig a' char as àirde:</p> <ul style="list-style-type: none"> • faodar 4 comharran aig a' char as àirde a thoirt airson beachdan luachaidh a' buntainn ri ùghdar, seòrsa stòir, adhbhar agus an t-àm. • faodar 2 chomharra aig a' char as àirde a thoirt airson bheachdan a' buntainn ri susbaint an stòir. • faodar 2 chomharra aig a' char as àirde a thoirt airson bheachdan a' buntainn ri puingeagan cudromach air an do rinneadh dearmad. <p>Eisimpleirean de thaobhan den stòr agus de bheachdan buntainneach:</p> <table border="1" data-bbox="853 917 1836 1343"> <thead> <tr> <th data-bbox="853 917 1153 957">Taobh an stòir</th> <th data-bbox="1153 917 1836 957">Beachd a dh'fhaodar a thoirt</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td data-bbox="853 957 1153 1053">Ùghdar: Easbaig Friseal Chill Rìmhinn</td> <td data-bbox="1153 957 1836 1053">Bha an t-ùghdar na phrìomh phearsa-eaglais agus air fear de na h-Urrasairean a bha làn fiosraichte, agus mar sin 's dòcha gu bheil an stòr nas fheumaile</td> </tr> <tr> <td data-bbox="853 1053 1153 1117">Seòrsa stòir: Litir</td> <td data-bbox="1153 1053 1836 1117">Conaltradh pearsanta, mar sin 's dòcha nach eil e cho faiceallach, agus 's dòcha gu bheil an stòr nas fheumaile</td> </tr> <tr> <td data-bbox="853 1117 1153 1220">Adbhar: Gus taic Eideird a shireadh ann a bhith a' cumail na sìthe</td> <td data-bbox="1153 1117 1836 1220">'S dòcha gun tug an t-adhbhar air an sgrìobhadair an duilgheadas àibheiseachadh, agus mar sin 's dòcha nach eil an stòr cho feumail</td> </tr> <tr> <td data-bbox="853 1220 1153 1343">An t-àm: Dàmhair 1290</td> <td data-bbox="1153 1220 1836 1343">Sgrìobhte aig an àm far an robh eagal gum faodadh an Urrasachd a dhol às a chèile agus mar sin is dòcha gu bheil an t-susbaint a' nochdadh nan draghan sin, agus mar sin 's dòcha nach eil an stòr cho feumail</td> </tr> </tbody> </table>	Taobh an stòir	Beachd a dh'fhaodar a thoirt	Ùghdar: Easbaig Friseal Chill Rìmhinn	Bha an t-ùghdar na phrìomh phearsa-eaglais agus air fear de na h-Urrasairean a bha làn fiosraichte, agus mar sin 's dòcha gu bheil an stòr nas fheumaile	Seòrsa stòir: Litir	Conaltradh pearsanta, mar sin 's dòcha nach eil e cho faiceallach, agus 's dòcha gu bheil an stòr nas fheumaile	Adbhar: Gus taic Eideird a shireadh ann a bhith a' cumail na sìthe	'S dòcha gun tug an t-adhbhar air an sgrìobhadair an duilgheadas àibheiseachadh, agus mar sin 's dòcha nach eil an stòr cho feumail	An t-àm: Dàmhair 1290	Sgrìobhte aig an àm far an robh eagal gum faodadh an Urrasachd a dhol às a chèile agus mar sin is dòcha gu bheil an t-susbaint a' nochdadh nan draghan sin, agus mar sin 's dòcha nach eil an stòr cho feumail
Taobh an stòir	Beachd a dh'fhaodar a thoirt												
Ùghdar: Easbaig Friseal Chill Rìmhinn	Bha an t-ùghdar na phrìomh phearsa-eaglais agus air fear de na h-Urrasairean a bha làn fiosraichte, agus mar sin 's dòcha gu bheil an stòr nas fheumaile												
Seòrsa stòir: Litir	Conaltradh pearsanta, mar sin 's dòcha nach eil e cho faiceallach, agus 's dòcha gu bheil an stòr nas fheumaile												
Adbhar: Gus taic Eideird a shireadh ann a bhith a' cumail na sìthe	'S dòcha gun tug an t-adhbhar air an sgrìobhadair an duilgheadas àibheiseachadh, agus mar sin 's dòcha nach eil an stòr cho feumail												
An t-àm: Dàmhair 1290	Sgrìobhte aig an àm far an robh eagal gum faodadh an Urrasachd a dhol às a chèile agus mar sin is dòcha gu bheil an t-susbaint a' nochdadh nan draghan sin, agus mar sin 's dòcha nach eil an stòr cho feumail												

Susbaint	Beachd a dh'fhaodar a thoirt
Fathann gu bheil Maighdeann Nirribhidh air bàsachadh	Gun a bhith cho feumail leis gu bheil e dìreach a' sgaoileadh fhathannan
Ach gu bheil I gu lath lag	Gun a bhith cho feumail leis gur e breugnachadh a th'ann
Air aontachadh fuireach ann am Peairt gus an cluinn sinn naidheachd chinnteach	Nas fheumaile leis gu bheil e a' sealltainn sèimhe san èiginn

Dh'fhaodadh na leanas a bhith nam puingean cudromach air an do rinneadh dearmad:

- Urrasairean ann an ùghdarras
- Sgarachdainn am measg nan uaislean
- Eagal mu chogadh catharra
- Choimhead iad ri Eideard mar fhear-dàimh na bu shine den teaghlach rioghail air an robh meas aca
- Bha cumhachd gu leòr aig Eideard gus co-dhùnadh sam bith mun chòir-seilbh a chur an gnìomh.
- Puing èifeachdach sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhineachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu clì).

2		<p>Feumaidh oileanaich grunn phuinean buntainneach, fìorasach a thoirt seachad. Bu chòir dhaibh a bhith nam prìomh phuinean: Chan fheum na phuinean a bhith ann an òrdugh sònraichte sam bith.</p> <p>Faodaidh oileanaich grunn phuinean neo-fhillte a thoirt no àireamh nas lugha de phuinean leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.</p> <p>Suas chun nan comharran iomlan airson na ceist seo:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Bu chòir 1 chomharra a thoirt airson gach puing eòlais bhuntainneach fhìorasach • bu chòir dàrna comharra a thoirt airson puing sam bith a chaidh a leudachadh 	5	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean suas gu 5 comharran aig a' char as àirde. Faodaidh iad seallaidhean eadar-dhealaichte a ghabhail air na tachartasan agus cunntas a thoirt air diofar thaobhan de na tachartasan.</i></p> <p>Bu chòir 1 chomharra a thoirt airson gach puing eòlais bhuntainneach fhìorasach. Bu chòir dàrna comharra a thoirt airson gach puing a chaidh a leudachadh, suas gu 5 comharran aig a' char as àirde. Faodaidh oileanaich na comharran iomlan fhaighinn le bhith a' toirt seachad còig phuinean neo-fhillte, le bhith a' dèanamh trì phuinean leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.</p> <p>Faodaidh na leanas a bhith nam phuinean eòlais:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Mhurt e Siorraidh Lannraig; chuir sin e fon choill agus thug e air ar-a-mach fosgailte a dhèanamh • Sheall an ionnsaigh air Ormsby gu tràth gun robh e airson rianachd Shasainn a lagachadh • Bha mar a chleachd e innleachdan cheatharnaich-chogaidh glè shoirbheachail • Chruinnich e feachd bheag mar a thòisich a chliù a' sgoileadh • Dh'obraich e còmhla ri Andra Moireach gus Blàr Drochaid Shruighlea a chosnadh • Bha e na Urrasair agus dh'fheuch e ri malairt a stèidheachadh ris na Dùthchannan Ìosal • Nuair a thugadh buaidh air aig Blàr na h-Eaglaise Brice leig e dheth a dhreuchd mar Urrasair • Cha robh an iomairt aige chun na Roinn Eòrpa ro shoirbheachail • Thàinig a dhleastanas gu crìch nuair a chaidh a bhrathadh leis na daoine aige fhèin • Prìomh phuing eòlais bhuntainneach, fhìorasach sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhìneachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu clì).
3		<p>Feumaidh oileanaich grunn phuinean a dhèanamh a nì an cuspair simplidh no soilleir, mar eisimpleir le bhith a' sealltainn cho-cheanglaichean eadar factaran, no dàimhean adhbharach eadar tachartasan no beachdan. Bu chòir dhaibh sin a bhith nam prìomh adhbharan agus faodaidh iad beachdan teòiridheach a ghabhail a-steach. Cha leigear a leas na h-adhbharan sin a luachadh no a chur ann an òrdugh prìomhachais.</p>	5	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean suas gu 5 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Feumaidh oileanaich dàimh adhbharach a shealltainn eadar tachartasan.</p> <p>Suas gu 5 comharran gu h-iomlan, bu chòir 1 chomharra a thoirt airson gach adhbhar fìorasach, buntainneach, agus bu chòir dàrna comharra a thoirt airson adhbharan leudaichte. Faodaidh oileanaich na comharran iomlan fhaighinn le bhith a' toirt seachad còig adhbharan neo-fhillte, trì adhbharan leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.</p>

		<p>Faodaidh oileanaich grunn adhbharan neo-fhillte a thoirt seachad no àireamh nas lugha de dh'adhbharan leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.</p> <p>Suas chun nan comharran iomlan airson na ceist seo:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Bu chòir aon chomharra a thoirt airson gach puing bhuntainneach fhiorasach. • bu chòir dàrna comharra a thoirt airson puing sam bith a chaidh a leudachadh 	<p>Faodaidh na leanas a bhith nan adhbharan:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Bha na Brusaich nan teaghlach uasal cudromach agus dh'fhaodadh iad an inbhe aca a chleachdadh • Bha tòrr chaidreach aca ann an Alba agus mar sin bha e comasach dhaibh gu leòr taic fhaighinn • Chuir murt Chomyn às do cheannas an luchd-dùbhlain agus lagaich sin dùbhlain Albannach sam bith • Chuir bàs Eideird I às do dhùbhlain Shasannach • Thug taic na h-Eaglais bho Wishart is Lamberton dligheachas do Bhrus • B' urrainn Brus a' bhunait aige ann an Carraig a chleachdadh mar àite tòiseachaidh gus buaidh fhaighinn air na nàimhdean Albannach aige fear às dèidh fir • B' urrainn Brus Ross a sgaradh bho Chomyn, ga dhèanamh comasach dha dèiligeadh riutha aon mu seach • Sgrios Brus na caistealan gus nach fhaigheadh na nàimhdean aige an cleachdadh mar bhunait • Cha tug Eideard II mòran cuideachaidh dha na h-uaislean aige ann an Alba • Adhbhar èifeachdach sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhineachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu cli).
4		<p>Feumaidh oileanaich breith a thoirt air an ìre gu bheil an stòr a' toirt seachad làn chunntas/mhineachadh air tachartas no leasachadh ainmichte.</p> <p>Bu chòir oileanaich suas gu 3 comharran fhaighinn airson a bhith a' comharrachadh phuingeann bhon stòr a tha a' toirt taic don bhreith aca. Feumaidh gach puing bhon stòr a bhith air a h- eadar-mhineachadh an àite a bhith dìreach air a togail bhon stòr. Bu chòir oileanaich suas gu 4 comharran fhaighinn airson a bhith a' comharrachadh phuingeann cudromach air an do rinneadh dearmad, stèidhichte air an eòlas aca fhèin, a tha a' toirt taic don bhreith aca.</p> <p>Faodar 2 chomharra aig a' char as àirde a thoirt airson fhreagairtean anns nach deach breith idir a thoirt</p>	<p>5</p> <p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean suas gu 5 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Feumaidh oileanaich tar-bhreith a thoirt a thaobh cho math 's a tha an stòr a' mineachadh nan tachartasan. Faodar 1 chomharra a thoirt airson gach puing èifeachdach a chaidh eadar-mhineachadh bhon stòr no gach puing chudromach èifeachdach a bheir iad air an do rinneadh dearmad. Faodaidh an t-oileanach suas gu 3 comharran a chosnadh airson mar a dh'eadar-mhìnich iad na pàirtean sin den stòr a tha iad den bheachd a tha buntainneach a thaobh na ceist a tha air a moladh far a bheil cuideachd co-dhiù aon phuuing chudromach air an do rinneadh dearmad air a comharrachadh a dh'innseas gun deach breith a thoirt roimhe seo air cho feumail 's a tha an stòr. Airson na comharran iomlan fhaighinn feumaidh gach puing a bhith air ainmeachadh air leth co-cheangailte ris a' cheist.</p> <p>Faodar 2 chomharra aig a' char as àirde a thoirt airson fhreagairtean a tha a' toirt iomradh air an stòr a-mhàin.</p> <p>Dh'fhaodadh na puingeann a leanas a bhith air an comharrachadh san stòr:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Cha robh àite gluasaid aig arm Shasainn leis gun robh iad air an cuartachadh le boglaichean agus sruthain • Cho-dhùin Brus brath a ghabhail air a' mhearachd seo ionnsaigh a thoirt orra

				<ul style="list-style-type: none"> • Bha na Sasannaich cho dlùth ri chèile agus cho troimh-a-chèile 's gun robh e doirbh dha na ceannardan aca dìon sam bith a chur air dòigh • Chaill iad misneachd gu tur ann an Eideard II <p>Dh'fhaodadh na leanas a bhith nam puingean cudromach air an do rinneadh dearmad:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Rèitich Brus na h-Albannaich ann an schiltronan a bha nan cruth dìon èifeachdach • Thagh Brus am fearann a b' àirde a thug buannachd corporra dha • Dh'ullaich Brus an talamh air a chùl gus a dhìon bho ionnsaigh bhon chùl • Thrèan Brus na schiltronan aige gus gluasad a leig leotha freagairt a thoirt do dh'ionnsaighean • Dhì-mhisnich bàs de Bohun na Sasannaich • Bha na Sasannaich air a bhith ag argamaid nam measg fhèin • Bha na Sasannaich a' campachadh air talamh bog agus mar sin cha robh e furasta dhaibh gluasad • Cha b' urrainn do eachraidh Shasainn ionnsaigh a thoirt leis gun robh iad cho dlùth ri chèile • Rinn na h-Albannaich a' chùis air saighdearan-bogha Shasainn • Bha mòran de na Sasannaich glacte ann an dìgean ri taobh allt Phelstream agus allt a' Bhonnaich • Puing mineachaidh èifeachdach sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhìneachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu clì)
--	--	--	--	--

Earrann 1, Pàirt B

	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh. Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
1	<p>Feumaidh oileanaich breith a thoirt air an ìre gu bheil an stòr a' toirt seachad làn chunntas/mhìneachadh air tachartas no leasachadh ainmichte.</p> <p>Bu chòir oileanaich suas gu 3 comharran fhaighinn airson a bhith a' comharrachadh phuingean bhon stòr a tha a' toirt taic don bhreith aca. Feumaidh gach puing bhon stòr a bhith air a h-eadar-mhìneachadh an àite a bhith dìreach air a togail bhon stòr.</p> <p>Bu chòir oileanaich suas gu 4 comharran fhaighinn airson a bhith a' comharrachadh phuingean cudromach air an do rinneadh dearmad, stèidhichte air an eòlas aca fhèin, a tha a' toirt taic don bhreith aca.</p> <p>Faodar 2 chomharra aig a' char as àirde a thoirt airson fhreagairtean anns nach deach breith idir a thoirt</p>	5	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean suas gu 5 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Feumaidh oileanaich tar-bhreith a thoirt a thaobh cho math 's a tha an stòr a' mìneachadh nan tachartasan. Faodar 1 chomharra a thoirt airson gach puing èifeachdach a chaidh eadar-mhìneachadh bhon stòr no gach puing chudromach èifeachdach a bheir iad air an do rinneadh dearmad. Faodaidh an t-oileanach suas gu 3 comharran a chosnadh airson mar a dh'eadar-mhìnich iad na pàirtean sin den stòr a tha iad den bheachd a tha buntainneach a thaobh na ceist a tha air a moladh far a bheil cuideachd co-dhiù aon phuing chudromach air an do rinneadh dearmad air a comharrachadh a dh'innseas gun deach breith a thoirt roimhe seo air cho feumail 's a tha an stòr. Airson na comharran iomlan fhaighinn feumaidh gach puing a bhith ainmichte air leth co-cheangailte ris a' cheist.</p> <p>Faodar 2 chomharra a thoirt airson fhreagairtean a tha a' toirt iomradh air an stòr a-mhàin.</p> <p>Dh'fhaodadh na puingean a leanas a bhith air an comharrachadh san stòr:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Bha Guise gu math cruaidh air na Pròstanaich ann an Alba • Chleachd i barrachd oifigeach Frangach • Chleachd i barrachd shaighdearan Frangach gus smachd a chumail air prìomh dhaingnichean ann an Alba. • Dh'iarr i cis ùr <p>Dh'fhaodadh na leanas a bhith nam puingean cudromach air an do rinneadh dearmad:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Rinn e dragh dha Uaislean Pròstanach na h-Alba gun robh Màiri Banrigh na h-Alba cuideachd na Banrigh na Frainge • Thuirt cùmhnant a' phòsaidh gun robh Alba gu bhith na pàirt den Fhraing • Bha na Pròstanaich ag iarraidh an creideamh a dhìon bho Mhàiri à Guise • Bhrosnaich a' Bhanrigh Ealasaid na Pròstanaich • Bhrosnaich Iain Knox na Pròstanaich • Puing mineachaidh èifeachdach sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhìneachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu clì).

2		<p>Feumaidh oileanaich luachadh a dhèanamh air an ìre gu bheil stòr feumail le bhith a' toirt beachd air fianais leithid ùghdar, seòrsa stòir, adhbhar, an t-àm, susbaint agus dearmad.</p> <p>Airson comharra a thoirt seachad, feumaidh an t-oileanach taobh den stòr a chomharrachadh agus beachd a thoirt seachad a tha a' sealltainn mar a tha an taobh seo a' dèanamh an stòir nas fheumaile no gun a bhith cho feumail.</p> <p>Suas chun nan comharran iomlan airson na ceist seo:</p> <ul style="list-style-type: none"> faodar 4 comharran aig a' char as àirde a thoirt airson beachdan luachaidh a' buntainn ri ùghdar, seòrsa stòir, adhbhar agus an t-àm. faodar 2 chomharra aig a' char as àirde a thoirt airson beachdan luachaidh a' buntainn ri susbaint an stòir. faodar 2 chomharra aig a' char as àirde a thoirt airson phuingean cudromach air an do rinneadh dearmad. 	5	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean suas gu 5 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Feumaidh oileanaich breith a thoirt air cho feumail 's a tha an stòr agus taic a thoirt don seo le bhith a' toirt seachad bheachdan luachaidh air taobhan comharraichte den stòr.</p> <p>Bu chòir 1 chomharra a thoirt airson gach beachd buntainneach, suas gu 5 comharran aig a' char as àirde:</p> <ul style="list-style-type: none"> faodar 4 comharran aig a' char as àirde a thoirt airson beachdan luachaidh a' buntainn ri ùghdar, seòrsa stòir, adhbhar agus an t-àm. faodar 2 chomharra aig a' char as àirde a thoirt airson bheachdan a' buntainn ri susbaint an stòir. faodar 2 chomharra aig a' char as àirde a thoirt airson bheachdan a' buntainn ri puingean cudromach air an do rinneadh dearmad. <p>Eisimpleirean de thaobhan den stòr agus de bheachdan buntainneach:</p> <table border="1" data-bbox="862 790 1836 1228"> <thead> <tr> <th>Taobh an stòir</th> <th>Beachd a dh'fhaodar a thoirt</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td>Ùghdar: Mairi Banrigh na h-Alba</td> <td>Banrigh òg air tilleadh a dh'Alba</td> </tr> <tr> <td>Seòrsa stòir: Ordughan Rìoghail</td> <td>Pàipear oifigeil an raighaltais</td> </tr> <tr> <td>Adhbhar:</td> <td>Gus na pearsaichean eaglais a chiùineachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gun robh ministearan Eaglais na h-Alba air am pàigheadh</td> </tr> <tr> <td>An t-àm: 1566</td> <td>Aig àm far an robh an t-Ath-leasachadh air tachairt o chionn glè ghoirid agus amharasan ann fhathast mun chreideamh Chaitligeach aice</td> </tr> </tbody> </table>	Taobh an stòir	Beachd a dh'fhaodar a thoirt	Ùghdar: Mairi Banrigh na h-Alba	Banrigh òg air tilleadh a dh'Alba	Seòrsa stòir: Ordughan Rìoghail	Pàipear oifigeil an raighaltais	Adhbhar:	Gus na pearsaichean eaglais a chiùineachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gun robh ministearan Eaglais na h-Alba air am pàigheadh	An t-àm: 1566	Aig àm far an robh an t-Ath-leasachadh air tachairt o chionn glè ghoirid agus amharasan ann fhathast mun chreideamh Chaitligeach aice
Taobh an stòir	Beachd a dh'fhaodar a thoirt													
Ùghdar: Mairi Banrigh na h-Alba	Banrigh òg air tilleadh a dh'Alba													
Seòrsa stòir: Ordughan Rìoghail	Pàipear oifigeil an raighaltais													
Adhbhar:	Gus na pearsaichean eaglais a chiùineachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gun robh ministearan Eaglais na h-Alba air am pàigheadh													
An t-àm: 1566	Aig àm far an robh an t-Ath-leasachadh air tachairt o chionn glè ghoirid agus amharasan ann fhathast mun chreideamh Chaitligeach aice													

Comment [MM1]: The accent on Ùghdar does not show in box

				<table border="1"> <thead> <tr> <th>Susbaint</th> <th>Beachd a dh'fhaodar a thoirt</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td> <ul style="list-style-type: none"> Rùnaich mi gun deigheadh am pàigheadh san àm ri teachd </td> <td>Feumail leis gu bheil e a' sealltainn taic dheimhinneach Mhàiri don eaglais</td> </tr> <tr> <td> <ul style="list-style-type: none"> Le comhairle bho oifigich an riaghaltais agam </td> <td>Gun a bhith cho feumail leis gu bheil e a' ciallachadh 's docha gun do chuir na h-oifigich aice cuideam air Mairi</td> </tr> <tr> <td> <ul style="list-style-type: none"> Chaidh co-dhùnadh sùim £10,000 a thoirt seachad airson an cuid pàighidh </td> <td>Nas fheumaile leis gu bheil e a' sealltainn na h-ìre de thaic a thug i don eaglais</td> </tr> </tbody> </table> <p>Dh'fhaodadh na leanas a bhith nam puingean cudromach air an do rinneadh dearmad:</p> <ul style="list-style-type: none"> Chùm Mairi oirre na Caitligeach Bha Mairi ag iarraidh taic bhon eaglais aig àm dhuilich Puing èifeachdach sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhineachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu cli). 	Susbaint	Beachd a dh'fhaodar a thoirt	<ul style="list-style-type: none"> Rùnaich mi gun deigheadh am pàigheadh san àm ri teachd 	Feumail leis gu bheil e a' sealltainn taic dheimhinneach Mhàiri don eaglais	<ul style="list-style-type: none"> Le comhairle bho oifigich an riaghaltais agam 	Gun a bhith cho feumail leis gu bheil e a' ciallachadh 's docha gun do chuir na h-oifigich aice cuideam air Mairi	<ul style="list-style-type: none"> Chaidh co-dhùnadh sùim £10,000 a thoirt seachad airson an cuid pàighidh 	Nas fheumaile leis gu bheil e a' sealltainn na h-ìre de thaic a thug i don eaglais
Susbaint	Beachd a dh'fhaodar a thoirt											
<ul style="list-style-type: none"> Rùnaich mi gun deigheadh am pàigheadh san àm ri teachd 	Feumail leis gu bheil e a' sealltainn taic dheimhinneach Mhàiri don eaglais											
<ul style="list-style-type: none"> Le comhairle bho oifigich an riaghaltais agam 	Gun a bhith cho feumail leis gu bheil e a' ciallachadh 's docha gun do chuir na h-oifigich aice cuideam air Mairi											
<ul style="list-style-type: none"> Chaidh co-dhùnadh sùim £10,000 a thoirt seachad airson an cuid pàighidh 	Nas fheumaile leis gu bheil e a' sealltainn na h-ìre de thaic a thug i don eaglais											
3		<p>Feumaidh oileanaich grunn phuingean buntainneach, fìorasach a thoirt seachad. Bu chòir dhaibh a bhith nam prìomh phuingean. Chan fheum na puingean a bhith ann an òrdugh sònraichte sam bith.</p> <p>Faodaidh oileanaich grunn phuingean neo-fhillte a thoirt no àireamh nas lugha de phuingean leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.</p> <p>Suas chun nan comharran iomlan airson na ceist seo:</p> <ul style="list-style-type: none"> Bu chòir 1 comharra a thoirt airson gach puing eòlais bhuntainneach fhìorasach bu chòir dàrna comharra a thoirt airson puing sam bith a chaidh a leudachadh 	5	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean suas gu 5 comharran aig a' char as àirde. Faodaidh iad seallaidhean eadar-dhealaichte a ghabhail air na tachartasan agus cunntas a thoirt air diofar thaobhan de na tachartasan.</i></p> <p>Bu chòir 1 comharra a thoirt airson gach puing eòlais bhuntainneach fhìorasach. Bu chòir dàrna comharra a thoirt airson gach puing a chaidh a leudachadh, suas gu 5 comharran aig a' char as àirde. Faodaidh oileanaich na comharran iomlan fhaighinn le bhith a' toirt seachad còig phuingean neo-fhillte, le bhith a' dèanamh trì phuingean leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.</p> <p>Faodaidh na leanas a bhith nam puingean eòlais:</p> <ul style="list-style-type: none"> An sgaradh eadar Mairi is Darnley Mì-earbsa Mhàiri ann am morairean na h-Alba Thionndaidh Mairi ri Bothwell Dh'iarr luchd-foill maitheanas air Mairi Cha robh earbsa aig Mairi no aig an luchd-foill ann an Darnley Ghluais Darnley a Ghlaschu Prìomh phuing eòlais bhuntainneach, fhìorasach sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhineachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu cli). 								

4		<p>Feumaidh oileanaich grunn phuinean a dhèanamh a nì an cuspair simplidh no soilleir, mar eisimpleir le bhith a' sealltainn cho-cheanglaichean eadar factaran, no dàimhean adhbharach eadar tachartasan no beachdan. Bu chòir dhaibh sin a bhith nam prìomh adhbharan agus faodaidh iad beachdan teòiridheach a ghabhail a-steach. Cha leigear a leas na h-adhbharan sin a luachadh no a chur ann an òrdugh prìomhachais.</p> <p>Faodaidh oileanaich grunn adhbharan neo-fhillte a thoirt no àireamh nas lugha de dh'adhbharan leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.</p> <p>Suas chun nan comharran iomlan airson na ceist seo:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Bu chòir aon chomharra a thoirt airson gach puing bhuntainneach fhiorasach. • bu chòir an dàrna comharra a thoirt seachad airson puing sam bith a chaidh a leudachadh 	5	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean suas gu 5 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Feumaidh oileanaich dàimh adhbharach a shealltainn eadar tachartasan.</p> <p>Suas gu 5 comharran gu h-iomlan, bu chòir 1 chomharra a thoirt airson gach adhbhar fiorasach, buntainneach, agus bu chòir dàrna comharra a thoirt airson adhbharan leudaichte. Faodaidh oileanaich na comharran iomlan fhaighinn le bhith a' toirt seachad còig adhbharan neo-fhillte, trì adhbharan leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.</p> <p>Faodaidh na leanas a bhith nan adhbharan:</p> <ul style="list-style-type: none"> • 1580: thug poileasaidh a' Phàpa, a bhith a' brosnachadh cuilbheart an aghaidh Ealasaid, air Pròstanaich Shasainn smaoineachadh gur e cùis-uabhais a bh' ann am Màiri, gu sònraichte seach gun robh a mac, an t-oighre, na Phròstanach • 1585: às dèidh grunn chuilbheartan, chuir riaghaltas Shasainn lagh an gnìomh ag ràdh gun deigheadh Màiri a chur gu bàs nam biodh i gu gnìomhach an sàs ann an cuilbheart sam bith an aghaidh Ealasaid • 1585: Chaidh Màiri a ghluasad gu Chartley far an d' fhuair luchd-brathaidh Sasannach a-mach mar a bhathas a' faighinn litrichean a-steach air falach • 1586: Chuir Babington fios gu Màiri ag innse dhi mu na planaichean aige gus Ealasaid a mharbhadh agus Màiri a chuideachadh gus faighinn air falbh • Bha leisg air Ealasaid cur às dha a co-ogha, ach chaidh am barantas bàis fhalach am measg grunn litrichean agus chuir i a h-ainm-sgrìobhte riutha uile • Adhbhar èifeachdach sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhìneachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu clì).
---	--	--	---	---

Earrann 1, Pàirt C

Ceist	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh. iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
1	<p>Feumaidh oileanaich grunn phuingean a dhèanamh a nì an cuspair simplidh no soilleir, mar eisimpleir le bhith a' sealltainn cho-cheanglaichean eadar factaran, no dàimhean adhbharach eadar tachartasan no beachdan. Bu chòir dhaibh sin a bhith nam prìomh adhbharan agus faodaidh iad beachdan teòiridheach a ghabhail a-steach. Cha leigear a leas na h-adhbharan sin a luachadh no a chur ann an òrdugh prìomhachais.</p> <p>Faodaidh oileanaich grunn adhbharan neo-fhillte a thoirt no àireamh nas lugha de dh'adhbharan leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.</p> <p>Suas chun nan comharran iomlan airson na ceist seo:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Bu chòir aon chomharra a thoirt airson gach puing bhuntainneach fhiorasach. • bu chòir dàrna comharra a thoirt seachad airson puing sam bith a chaidh a leudachadh 	5	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean suas gu 5 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Feumaidh oileanaich dàimh adhbharach a shealltainn eadar tachartasan.</p> <p>Suas gu 5 comharran gu h-iomlan, bu chòir 1 chomharra a thoirt airson gach adhbhar buntainneach, fìorasach agus bu chòir dàrna comharra a thoirt airson adhbharan a tha leudaichte Faodaidh oileanaich na comharran iomlan fhaighinn le bhith a' toirt còig adhbharan neo-fhillte, trì adhbharan leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.</p> <p>Faodaidh na leanas a bhith nan adhbharan:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Chaidh casg a chur air Albannaich bho bhith an sàs ann am malairt le coloinidhean Shasainn • Bha na cogaidhean eadar Sasainn agus an Fhraing air malairt na h-Alba leis an Fhraing a lùghdachadh • Cha d' fhuair Alba buannachd a-riamh bho na cùmhnantan sìthe aig deireadh nan cogaidhean sin • An dèidh mar a dh'fhaillig Sgeama Dharien, bha Alba cha mhòr briste; chuir mòran a' choire air Sasainn airson mar a dh' fhaillig an sgeama • Bha e doirbh don Bhanrigh Anna Alba a riaghladh bho Westminster; chuir Albannaich às leth na Banrigh Anna gun robh poileasaidhean aice a bha a' milleadh Alba • Chuir Cùis Worcester Albannaich àbhaisteach an aghaidh na bha iadsan a' meas nan spùinneadairean Sasannach • Bha eagal air Sasainn gum biodh an Fhraing a' bagairt oirre san àm ri teachd nam biodh na h-Albannaich mhì-thoilichte ag iarraidh an t-Seann Chùmhnant ath-bheothachadh aig àm sam bith • Adhbhar èifeachdach sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhìneachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu clì).

2		<p>Feumaidh oileanaich luachadh a dhèanamh air an ìre gu bheil stòr feumail le bhith a' toirt beachd air fianais leithid ùghdar, seòrsa stòir, adhbhar, an t-àm, susbaint agus dearmad.</p> <p>Airson comharra a thoirt seachad, feumaidh an t-oileanach taobh den stòr a chomharrachadh agus beachd a thoirt seachad a tha a' sealltainn mar a tha an taobh seo a' dèanamh an stòir nas fheumaile no gun a bhith cho feumail.</p> <p>Suas chun nan comharran iomlan airson na ceist seo:</p> <ul style="list-style-type: none"> • faodar 4 comharran aig a' char as àirde a thoirt airson beachdan luachaidh a' buntainn ri ùghdar, seòrsa stòir, adhbhar agus an t-àm. • faodar 2 chomharra aig a' char as àirde a thoirt airson beachdan luachaidh a' buntainn ri susbaint an stòir. • faodar 2 chomharra aig a' char as àirde a thoirt airson phuingeann cudromach air an do rinneadh dearmad. 	5	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean suas gu 5 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Feumaidh oileanaich breith a thoirt air cho feumail 's a tha an stòr agus taic a thoirt don seo le bhith a' toirt seachad beachdan luachaidh air taobhan comharraichte den stòr.</p> <p>Bu chòir 1 chomharra a thoirt airson gach beachd buntainneach, suas gu 5 comharran aig a' char as àirde:</p> <ul style="list-style-type: none"> • faodar 4 comharran aig a' char as àirde a thoirt airson beachdan luachaidh a' buntainn ri ùghdar, seòrsa stòir, adhbhar agus an t-àm. • faodar 2 chomharra aig a' char as àirde a thoirt airson beachdan a' buntainn ri susbaint an stòir. • faodar 2 chomharra aig a' char as àirde a thoirt airson beachdan a' buntainn ri phuingeann cudromach air an do rinneadh dearmad. <p>Eisimpleirean de thaobhan den stòr agus de beachdan buntainneach:</p> <table border="1" data-bbox="864 820 1834 1262"> <thead> <tr> <th data-bbox="864 820 1352 876">Taobh an stòir</th> <th data-bbox="1352 820 1834 876">Beachd a dh'fhaodar a thoirt</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td data-bbox="864 876 1352 932">Ùghdar: Ball de Riaghaltas na h-Alba</td> <td data-bbox="1352 876 1834 932">An sàs anns na còmhraidhean</td> </tr> <tr> <td data-bbox="864 932 1352 1040">Seòrsa stòir: Litir</td> <td data-bbox="1352 932 1834 1040">Conaltradh pearsanta, mar sin 's dòcha nach eil e cho faiceallach, agus 's dòcha gu bheil an stòr nas fheumaile</td> </tr> <tr> <td data-bbox="864 1040 1352 1177">Adhbhar: Gus dìomhaireachd a bhrosnachadh agus nàrachadh a sheachnadh</td> <td data-bbox="1352 1040 1834 1177">'S dòcha gun tug an t-adhbhar air an sgrìobhadair an duilgheadas àibheiseachadh, agus mar sin 's dòcha nach eil an stòr cho feumail</td> </tr> <tr> <td data-bbox="864 1177 1352 1262">An t-àm: 1707</td> <td data-bbox="1352 1177 1834 1262">Aig an àm san robh cùmhnant làidir aontaichte</td> </tr> </tbody> </table>	Taobh an stòir	Beachd a dh'fhaodar a thoirt	Ùghdar: Ball de Riaghaltas na h-Alba	An sàs anns na còmhraidhean	Seòrsa stòir: Litir	Conaltradh pearsanta, mar sin 's dòcha nach eil e cho faiceallach, agus 's dòcha gu bheil an stòr nas fheumaile	Adhbhar: Gus dìomhaireachd a bhrosnachadh agus nàrachadh a sheachnadh	'S dòcha gun tug an t-adhbhar air an sgrìobhadair an duilgheadas àibheiseachadh, agus mar sin 's dòcha nach eil an stòr cho feumail	An t-àm: 1707	Aig an àm san robh cùmhnant làidir aontaichte
Taobh an stòir	Beachd a dh'fhaodar a thoirt													
Ùghdar: Ball de Riaghaltas na h-Alba	An sàs anns na còmhraidhean													
Seòrsa stòir: Litir	Conaltradh pearsanta, mar sin 's dòcha nach eil e cho faiceallach, agus 's dòcha gu bheil an stòr nas fheumaile													
Adhbhar: Gus dìomhaireachd a bhrosnachadh agus nàrachadh a sheachnadh	'S dòcha gun tug an t-adhbhar air an sgrìobhadair an duilgheadas àibheiseachadh, agus mar sin 's dòcha nach eil an stòr cho feumail													
An t-àm: 1707	Aig an àm san robh cùmhnant làidir aontaichte													

				<table border="1"> <thead> <tr> <th>Susbaint</th> <th>Beachd a dh'fhaodar a thoirt</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td> <ul style="list-style-type: none"> Eu-comasach a ràdh dè dìreach na chaidh a thoirt seachad </td> <td>Gun a bhith cho feumail leis nach eil am mion-fhiosrachaidh cinnteach</td> </tr> <tr> <td> <ul style="list-style-type: none"> Chaidh seo a chumail diomhair </td> <td>Nas fheumaile leis gu bheil e onarach mu bhith a' diùltadh fiosrachadh a thoirt seachad</td> </tr> <tr> <td> <ul style="list-style-type: none"> Bhiodh e na adhbhar nàire nam biodh am fiosrachadh seo air a nochdadh aig an àm seo </td> <td>Nas fheumaile leis gu bheil e a' mineachadh nan adhbharan airson nach deach fiosrachadh a thoirt seachad</td> </tr> </tbody> </table> <p>Dh'fhaodadh na leanas a bhith nam puingean cudromach air an do rinneadh dearmad:</p> <ul style="list-style-type: none"> Chaidh dòighean bribearachd eile a chleachdadh me, tiotalan, obraichean Chùm daoine orra ag atharrachadh bho aon taobh chun an taobh eile Cha robh eagrachadh math air Pàrlamaid na h-Alba (me, Squadrone Volante) Bha sgaradh bheachd soilleir ann Dh'aithnich mòran dhaoine na cothroman a dh'fhaodadh an Cùmhnant a thoirt seachad Puing iomchaidh sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhìneachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu cli). 	Susbaint	Beachd a dh'fhaodar a thoirt	<ul style="list-style-type: none"> Eu-comasach a ràdh dè dìreach na chaidh a thoirt seachad 	Gun a bhith cho feumail leis nach eil am mion-fhiosrachaidh cinnteach	<ul style="list-style-type: none"> Chaidh seo a chumail diomhair 	Nas fheumaile leis gu bheil e onarach mu bhith a' diùltadh fiosrachadh a thoirt seachad	<ul style="list-style-type: none"> Bhiodh e na adhbhar nàire nam biodh am fiosrachadh seo air a nochdadh aig an àm seo 	Nas fheumaile leis gu bheil e a' mineachadh nan adhbharan airson nach deach fiosrachadh a thoirt seachad
Susbaint	Beachd a dh'fhaodar a thoirt											
<ul style="list-style-type: none"> Eu-comasach a ràdh dè dìreach na chaidh a thoirt seachad 	Gun a bhith cho feumail leis nach eil am mion-fhiosrachaidh cinnteach											
<ul style="list-style-type: none"> Chaidh seo a chumail diomhair 	Nas fheumaile leis gu bheil e onarach mu bhith a' diùltadh fiosrachadh a thoirt seachad											
<ul style="list-style-type: none"> Bhiodh e na adhbhar nàire nam biodh am fiosrachadh seo air a nochdadh aig an àm seo 	Nas fheumaile leis gu bheil e a' mineachadh nan adhbharan airson nach deach fiosrachadh a thoirt seachad											
3		<p>Feumaidh oileanaich breith a thoirt air an ìre gu bheil an stòr a' toirt seachad làn chunntas/mhìneachadh air tachartas no leasachadh ainmichte.</p> <p>Bu chòir oileanaich suas gu 3 comharran fhaighinn airson a bhith a' comharrachadh phuigean bhon stòr a tha a' toirt taic don bhreith aca. Feumaidh gach puig bhon stòr a bhith air a h- eadar-mhìneachadh an àite a bhith dìreach air a togail bhon stòr.</p> <p>Bu chòir oileanaich suas gu 4 comharran fhaighinn airson a bhith a' comharrachadh phuigean cudromach air an do rinneadh dearmad, stèidhichte air an eòlas aca fhèin, a tha a' toirt taic don bhreith aca.</p>	5	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean suas gu 5 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Feumaidh oileanaich tar-bhreith a thoirt a thaobh cho math 's a tha an stòr a' mhìneachadh nan tachartasan. Faodar 1 chomharra a thoirt airson gach puig èifeachdach a chaidh eadar-mhìneachadh bhon stòr no gach puig dligeach dearmaid sònraichte a chaidh a thoirt seachad. Faodaidh an t-oileanach suas gu 3 comharran a chosnadh airson mar a dh'eadar-mhìnich iad na pàirtean sin den stòr a tha iad den bheachd a tha buntainneach a thaobh na ceist a tha air a moladh far a bheil cuideachd co-dhiù aon phuig chudromach air an do rinneadh dearmad air a comharrachadh a dh'innseas gun deach breith a thoirt roimhe seo air cho feumail 's a tha an stòr. Airson na comharran iomlan fhaighinn feumaidh gach puig a bhith air ainmeachadh air leth co-cheangailte ris a' cheist.</p> <p>Faodar 2 chomharra a thoirt aig a' char as àirde airson fhreagairtean a tha a' toirt iomradh air an stòr a-mhàin.</p>								

